

MEALLADH

Sgeulachdan Goirid Ùra

Maoilios Caimbeul

Calum MacFhionghain

Dòmhnull Iain MacIomhair

Tormod MacGill-Eain

Daibhidh Màrtainn

Seonag Monk

Caron NicFhionghain

Kerry Anne Nicleòid



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Air fhoillseachadh ann an 2013 le:

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

11/12 Acarsaid

Cidhe Sràid Chrombail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DF

www.storlann.co.uk

ofis@storlann.co.uk



© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba 2013

Na còraichean uile glèidhite. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith, gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Taing don Bhuidheannan Siùiridh Rianachd (MRG) airson taic-airgid.

Air a chlò-bhualadh le Gomer Press, Llandysul, A' Chuimrigh

Dealbhan © le Lindsay Grime

LAGE/ISBN: 978-1-907054-58-7

Taing gu Marcas Ó Siadhail airson a thaic.

Clàr

Saorsa

<i>Ie Kerry Anne Nicleòid</i>	4
-------------------------------	---

Dìomhaireachd ann an Haiti

<i>Ie Tormod MacGill-Eain</i>	12
-------------------------------	----

Clach, Pàipear, Siosar

<i>Ie Daibhidh Màrtainn</i>	20
-----------------------------	----

Pinc

<i>Ie Seonag Monk</i>	30
-----------------------	----

Simon Cowell Ha Ha

<i>Ie Seonag Monk</i>	40
-----------------------	----

Tarsainn air an t-Sneachd

<i>Ie Daibhidh Màrtainn</i>	58
-----------------------------	----

Caol-theàrnadh

<i>Ie Maoilios Caimbeul</i>	72
-----------------------------	----

Bòrd do Dheichnear

<i>Ie Dòmhnaill Iain MacIomhair</i>	84
-------------------------------------	----

An Doras

<i>Ie Calum MacFhionghain</i>	94
-------------------------------	----

An Tidsear agus an Fiaclan Fuadain

<i>Ie Maoilios Caimbeul</i>	108
-----------------------------	-----

An t-Iomradh

<i>Ie Calum MacFhionghain</i>	118
-------------------------------	-----

Aon Chothrom Eile

<i>Ie Caron NicFhionghain</i>	136
-------------------------------	-----

Fiosrachadh nan Ùghdaran

142

S A -
D R -
S A

Maryhill
Road



KERRYANNE NICLEOID

Saorsa

le Kerry Anne Nicléòid

Leig Naomi às a baga agus thuit e chun an làir le brag, 's aig an aon àm leig i le a corp tuiteam lag air an leabaidh na chnap. Dh'fhuirich i an sin airson ùine, 's i cho sgith ris a' chù às dèidh latha a' siubhal. Bha i air Glaschu a ruighinn mu dheireadh thall – saorsa, partaidhean, bùithean, balaich agus 's dòcha rud beag obrach. Oilthigh na mheasg smaoinich i. Bha i air a dòigh glan na h-àite-fuirich ùr, gun uallach oirre mu dhuine ach i fhèin. Saorsa – mu dheireadh thall.

Cha robh fhios aice dè cho fada 's a bha i na laighe an sin, nuair a thàinig gnog air doras an t-seòmair. Chlisg i, agus chuimhnich i gun robh i ann an àite-fuirich ùr, 's gun aithne aice air duine beò a bha an sin. Carson a bhiodh cuideigin ga lorg? Thàinig gnog eile air an doras, agus e a-nise na bu chabhagaiche. Dh'èirich i. Às dèidh faicinn gur e nighean òg a bh' ann tron toll anns an doras, dh'fhosgail i e. Thug am boireannach òg sùil oirre agus rinn i gàire, agus às dèidh dhaibh eòlas a chur air a chèile, bha Naomi air aontachadh gun deigheadh i a-mach gu taigh-dannsaidh mus robh fiù 's cothrom aice an stuth a thoirt às a bagaichean.

Cha robh fhios aice cò bh' ann, ach fhuair i eòlas air aodann tràth san oidhche. Ged nach tuirt e càil rithe, bha

e mu coinneamh gach uair a choimheadadh i mun cuairt.
Na sheasamh leis fhèin, ga coimhead.

Dh'fheuch Naomi ri dhìochuimhneachadh agus barrachd eòlais fhaighinn air a caraidean ùra, a bha a' fuireach san aon togalach rithe, ach cha b' urrainn dhi a bhith socair agus fuireach aig fois. Mu dheireadh thall rinn i leisgeul gun robh i sgìth, 's gum feumadh i a dhol dhan leabaidh às dèidh dhi a bhith a' siubhal fad an latha, agus gheall i an coinneachadh an-ath-latha.

B' ann nuair a choisich i gu ceann eile an rathaid a smaoinich i gun robh i ceart gu leòr, oir cha robh sgeul air an duine àraig. Leum i dhan chiad tagsaigh a bha saor, agus dh'innс i an seòladh aice dhan dràibhear. Le glè bheag de dh'eòlas air baile Ghlaschu, agus le blàthachadh deoch oirre, cha do thòisich an iomagain gus an do mhothaich i dhan t-soidhne rathaid ag innse dhi gun robh i air rathad Maryhill, 's ge bith dè cho beag 's a bha an t-eòlas aice air a' bhaile, bha làn fhios aice gun robh sin air taobh eile Ghlaschu bho far an robh i a' fuireach. Dh'fhaighnich i dhan dràibhear an d' fhuair e an seòladh ceart, 's nuair a thionndaidh e a bhruidhinn rithe, rinn Naomi sgreuch a chuireadh goiriseachadh sìos do chnàimhdroma.

Stad an tagsaigh gu h-obann, agus leig na brèigichean sgreuch a bha cha mhòr cho mòr ri tè Naomi. Dh'fheuch Naomi ris an doras fhosgladh, 's eagal a beatha oirre, ach

bha e glaiste. Leig i sgreuch, thug i breab dhan doras, bhrùth i e agus nuair nach do għluais e, chaidh i na bùrach gu luath chun an dorais eile, agus dh'fheuch i am fear sin. Cha do charaich e agus thòisich i ri sgreuchail agus a' bualadh doras a' chàir le dòrn. Chuala i an duine a' dèanamh gàire socair. Chlisg i agus chaidh i na bior reòta.

“Chan fhosgail iad ann,” thuirt e tron għlainne. ’S rinn e gàire fuar, socair eile.

“Leig a-mach mi sa charachadh!” dh'èigh i. “Leig a-mach mi! Fosgail na dorsan!” ’S thug i breab chruaidh eile dhan doras.

“Cha leig,” thuirt e gu sàmhach, “s nach sguir thu de mhilleadh a' chàir agam”.

Cha b' urrainn Naomi a cluasan a chreidsinn. “Dè? Do chàr!” dh'èigh i gu faramach. “Chan eil dragh a' choin agam mu do chàr!” ’S thug i sglais eile do għlainne na h-uinneig gus seo a dhearbhadh.



Bha Naomi air chrith. Bha i glacte ann an càr strainnseir, ann am baile anns nach robh i eòlach. Thòisich i ri caoineadh le cho cianail 's a bha an suidheachadh aice.

“Na bi a’ gal, a ghaoil. Bidh thu ceart gu leòr. Nach sguir thu. Sguir a ghal. Sguir!” dh’iarr an dràibhear oirre, le pian na ghuth.

Chuir seo iongnadh air Naomi, agus choimhead i air. Bha cràdh follaiseach air aodann ‘s e ga coimhead le truas. Chuir seo fearg air Naomi, agus thòisich i ri èigheachd a-rithist. “Leig a-mach à seo mi sa mhionaid, a thrustair! Dè an seòrsa duine th’ annad a’ goid chlann-nighean òg mar mi-fhèin! A shalchair! Thoir dhachaigh mi sa bhad!” Thug i sgleog dhan ghlainne a bha eatarra san tagsaidh, agus leum an duine pìos beag air ais. Thionndaidh e agus chuir e an t-einnsean gu dol, agus thionndaidh e an càr air ais air an t-slighe bhon tàinig iad.

Bha Naomi troimh-a-chèile, agus bha i a’ gal cho cruaidh ‘s nach robh a h-anail a’ tighinn gu nàdarra. Rinn i glug, agus dh’fheuch i ri sùil a chumail air cait an robh iad a’ dol, ann an solas doilleir nan solais-sràide. Thòisich i air ainmean nan sràidean aithneachadh. Chùm i a h-anail. An robh e dha-rrìribh ga toirt dhachaigh? An robh i cho fortanach ri sin? Bha droch sgeulachdan a leugh i sna pàipearan-naidheachd a’ ruith tro h-inntinn ... clann-nighean òg air an goid ...’s rudan uabhasach a’ tachairt dhaibh ... feadhainn aca nach fhacas tuilleadh.

Stad an tagsaidh.

Chuala Naomi glasan nan dorsan a' fosgladh. Cha tuirt an dràibhearr smid.

Leum Naomi a-mach às an tagsaidh agus dh'fheuch i ri ruith a dh'aindeoin a casan cugallach. Suas an staran. Suas an staidhre. Sìos an trannsa. Thuit i a-steach dhan rùm aice, għlas i na dorsan le crith na làmhan, agus rinn i a' chūis às dèidh an treas turas, 's às dèidh dhi dèanamh cinnteach gun robh na h-uinneagan glaiste, thuit i dhan leabaidd, a' caoineadh mar nach biodh grian ann tuilleadh.

Nuir a dhùisg Naomi sa mhadainn, chuir i fòn gu a màthair, 's i air a h-inntinn a dhèanamh an àirde a dhol dhachaigh sa bhad.

"Hi, Naomi. Ciamar a tha a' dol dhut?" thuirt a màthair air ceann eile a' fòn.

"Uill chan eil ro mhath. Bha mi airson innse dhut..." thòisich Naomi ach leum a màthair a-steach.

"Ò mus dìochuimhnich mi, Naomi! Bha mi airson innse dhut gun robh mi a' bruidhinn ri Antaidh Betty an-dè, 's thuirt i gun d' fhuair a mac, Innes, cead an t-ospadal inntinn fhàgail bho chionn mìos air ais! Nach eil sin sgoinneil?" thuirt a màthair.

Cha d' fhuair Naomi cothrom freagairt, oir thòisich a màthair a-rithist. "Agus bha Betty ag ràdh gum biodh e cho math nan coinnicheadh tu riutha, 's dh'fhaodadh Innes Glaschu a shealltainn dhut! Thuirt Betty nach eil càil ceàrr air a-nise, agus gun d' fhuair e obair..." – thàinig gnog air an doras. Theab a h-anail stad. "Nach eil sin math? 'S thuirt Innes gum cumadh e sùil ort fhad 's a bha thu air falbh!" Cha mhòr gun robh Naomi a' cluinntinn a màthar, 's a haire air cò bha aig an doras. "Nach eil sin coibhneil?"

Cha robh an doras ach tana eadar Naomi agus ge bith cò bha air an taobh eile. Stad a cridhe nuair a chuala i guth ag èigheach, "Èirich! Tha obair agam ri dhèanamh an seo!"

Thug e a neart gu lèir seasamh agus sùil a thoirt tron toll bheag air an doras a dh'fhaicinn cò bha ga sireadh.

Bha neach-glanaidh na seasamh an sin, 's i airson an sgudal aig Naomi a thoirt leatha agus searbhadairean ùr a thoirt dhi, 's às dèidh sin a dhèanamh, dh'fhalbh i chun an ath rùm.

Għlas Naomi an doras. Cha robh i a leth cho cinnteach an robh saorsa cho math 's a bha e an toiseach. Chuala i guth a màthar a-rithist na h-inntinn, 's thòisich a smuaintean ri ruith.

'Innes. Mo cho-ogha. Am fear le tinneas inntinn. Am fear a bha riamh a' cur eagal mo bheatha orm. Am fear le màthair cho craicte ris fhèin. Am fear a bhiodh gam leantainn nuair a bhiodh cruinneachaidhean teaghlaich againn nuair a bha sinn òg. Nach canadh facial rium. A bhiodh gam choimhead. Nach eil mi air fhaicinn bho chionn deich bliadhna. A tha air leth dhe bheatha a chaitheamh ann an ospadal inntinn. A tha a-nise a' dràibheadh tagsaidh ann an Glaschu.'



DÍOMHAIREACHD
Ann an HAITI



TORMOD MAGGILL-EAIN

Dìomhaireachd ann an Haiti

le Tormod MacGill-Eain

A Ghealaich Ghil os cionn Eilean Haiti, foillsich *Port-de-Paix*, baile-margaidh air costa an iar-thuath. Dèan soilleir dhuinn an sgeulachd mu Chlaude Le Rouge, 20, agus Adrienne, boireannach gu math nas sine na esan a tha na bana-bhuidsich. Tha rud nas miosa na an t-olc an seo. Tha dòrn an Donais Mhòir ann.

Tha am feasgar a' ciaradh air ùdraid eadar *Allenche* agus *Port-de-Paix*. Tha *Claude*, iasgair air fòrladh, a tha fichead bliadhna a dh'aois, le tòrr dholairean Ameireaganach a' sìor losgadh toll na phòca, a' faireachdainn cumhachdach. Tha e a' coiseachd gu stràiceil sios ùdraid chumhang, a tha a' sìneadh eadar taigh a mhàthar agus *Port-de-Paix*, baile-margaidh air cost' an iar-thuath Haiti. Chan eil anns 'an taigh' ann an *Allenche* ach brùchlaig bothaig air a thogail le pìosan fiodha às gach àite agus le sinc. Gidheadh, 's ann an seo, mu shia cilemeatairean air falbh bhon bhaile, a tha a mhàthair a' coimhead às dèidh sianar chloinne nas òige na *Claude*. Tha e air grunn notaichean a thoirt dha mhàthair bho chionn leth-uair. Ann an seo a' bhad, bheir a' chailleach seachad òrdugh dha phiuthar,

Vanise, a dhol dhan bhùthaidh a cheannach a dhà no trì chanastairean de dh'fheòil is cnap de chàise buidhe.

Is fior thoigh leis a' ghille seo a bhith a' dannsa. Agus tha e a' gabhail fadachd gus an ruig e an talla far a bheil *Juan Luis Guerra*, seinneadar às an *República Dominicana* agus a chòmhlan-ciùil, gus a bhith a' cluich. Tha aimm na dùthcha seo, dìreach thar na crìche bhon rioghachd aige fhèin, a' toirt na chuimhne *Conchita*, an nighean àrd bhrèagha, sia bliadhna deug, air an robh craiceann fada nas soilleire na am fear aige-san. Tha e a' beannachadh na h-oidhche a choinnich e rithe ann an *cantina* ann an *Santo Domingo* o chionn cola-deug. Thig fiamh gàire gu aodann. Gu deimhinne, tha e an dàn dha a faicinn a-rithist. 'S dòcha gur h-i an tè a bha air a cur a-mach dha. Ma dh'fhaoide gun seall *Le Bon Dieu* a-mach air a shon, tha e a' smaointinn.

Anns a' ghlòmainn, tha e coltach gu bheil na speuran a-nis gan togail fhèin an-àird agus a' tionndadh an dath gu tuar bainne na bà. Tha faireachdainnean aotrom a' faighinn beatha na chlaigeann. Fairichidh e gu bheil na beanntan uaine, beagan astair bhuaithe gu tuath, ga dhòn agus, mar an ceudna, an cuan mòr mar neamhnaid bìdeag seachad air na cnuic. Chan eil e gam faicinn, ach tha fhios aige gu bheil iad nan sealladh àlainn agus gu bheil e fhèin air ath-nuadhachadh.

Ach... ach tha aon bheachd-smuain ga fhàgail



iomagaineach, ge-tà: Adrienne. 'S ise boireannach à *Saint Louis du Nord* aig a bheil fior dhroch ainm. Thig nuadal a-nuas feedh a chèile an-dràsta 's a-rithis gur e serviteur dha na Loa a th' innte. Ged a tha i fada nas sine na esan, tha e air a bhith a' suirghe oirre bho àm gu àm fad dà ràithe. Gun teagamh, tha e follaiseach gu bheil i às a dhèidh, ach bhon a chuir Claude eòlas air an tè òig, tha e air a bhith a' seachnadh Adrienne.

Mearachd, ill' òig. 'S beag a tha dh'fhios aig balach neo-choireach gur e seo oidhche a dhunaidh. Feumaidh e tuigsinn nach fhaod e dìmeas a dhèanamh air boireannach a tha beò air aon adhbhar; los gum bi i a' frithealadh nam marbh.

Gu h-obann, tha an iarmailt a' fàs dubh dorcha. Fairichidh Claude fras de dh'uisge blàth an t-samhraidh air a cheann 's air feadh a chuirp gu lèir. Tha an smuain ga bhualadh gu bheil na frasan air am putadh, mar gum biodh, leis a' ghaoith bhon chuan nach eil ro fhada air falbh a-nis. 'S ann air èiginn a chì e solais a' bhaile shìos fodha. Aig lùb anns an rathad, thig drumaireachd gu chluasan. Tha e ga shamhlachadh ri sgiathan na h-uiseig, àrd, teann, ro luath airson sgaradh a dhèanamh eadar na buillean.

An uair sin, sàmhchair. Gu fann cluinnidh e siosarnaich a' tighinn bho na clachan beaga agus freumhan nam preas a tha a' fàs gu tiugh air an làimh chì dhen fhrith-rathad.

Is gann gum faigh e na briathran Resté arresté a-mach às a bheul. Brùchdaidh muc mhòr reamhar a-mach às na preasan agus bheir i ionnsaigh air Claude, is i a' purradh a ghlùinean le sròin. Fad na h-ùine, tha i a' srannartaich is ag othail is tha seile a' tuiteam nan roillean bho beul.

Chan eil àrach air. Tha an caothach tioram air a' bheathach. Cha dearg Claude air a dhol air adhart gu

cheann-uidhe. Bheir e a-mach sgian mhòr agus gearraidh e cas-aghaidh na muice gu math faisg air a croidhean. Thig steall fala a-mach às an lot agus tha a' mhuc a' tionndadh air falbh agus gearraidh i cruinn-leum a-steach dha na craobhan-pailme a tha air taobh eile an rathaid.

Bheir *Claude* an aire do rud nach eil idir cineasta. Chan e sgiamhail beathaich a tha e a' cluinntinn mar a tha a' mhuc a' teicheadh. Tha am fuaim nas coltaiche ri caoineadh boireannaich.

Leigidh e an tachartas annasach às inntinn agus cumaidh e air a' triall dhan bhàl. An ceann paidhle ruigidh e an Talla Ionadail. Mus tèid e a-steach air an doras, tha e, mar a bhios a h-uile fireannach eile, a' cìreadh a ghruaig le mheòirean. Is iongnadh leis gu bheil badan fuit na chrògan. An e, tha e a' saoilsinn, gum bi e maol mus beir a' Bhliadh'n' Ùr air?

Tha sluagh mòr a-staigh. Tha òigridh na sgìre air fad, gillean agus nigheanan, a' cur an seanar asta a' leumadaich is a' bobadaich air an lär-dhannsaidh. Tha àile an t-seòmair bruthainneach is abaich le fallas nan dannsairean. Tha fàileadh spòsrrach ruma ris an can iad *clairin* air feadh an àite cuideachd. Os cionn a h-uile sìon tha burralaich nan trombaid agus an guth tùchach aig *Juan Luis Guerra* rin cluinntinn. Gu fann, tha buille druma air a bheil *dun-dun* no *bébé* mar ainm a' cagar.

Tha *Claude* na sheasamh faisg air an doras agus an ceòl a' sìor chòrdadh ris, nuair a chì e bho oir a shùla, aodann air a bheil e gu math eòlach. 'S e Adrienne a th' ann agus tha i a' coiseachd thuige. Mar as fhaisge a tha i a' tighinn air, 's ann as mothà a tha an t-eagal air *Claude*.

Is e boireannach le broilleach mòr a th' innte. Tha cnàmhan a gruaidean follaiseach agus na sùilean aice gu domhainn na clàigeann. Stadaidh i dìreach air a bheulaibh. Tha a làmhan paisgte air a cùl.

Mézi wanga ou. 'S e d' airgead an seun agad. Thugainn.

Non, non, Adrienne. Poussé allé.

M' pas 'ti bête, m'pas 'ti cochon. Chan e beatach beag a th' annam, agus chan e muc bheag.

Tha i a' gàire mar a dhèanadh nathair gun na fiaclan ris agus a beul tana. Tha i a' sìneadh a-mach a gàirdein los gum brosnaich i e.

O, non, non, non. Zobop . . . diable.

Tha e a' dèanamh brunndail làn ghuidheachan is e a' tionndadh air falbh.

Oir timcheall air caol a dùirn tha bann geal de dh'anart.


DÌOMHAIREACHD ANN AN HAITI

Clach,



Pàipear,

Siosar



Daibhidh Màrtainn



Clach, Pàipear, Siosar

le Daibhidh Màrtainn

Gu dearbha fhèin, chan eil thu a' dol ann. Chan eil thu ach aon bhliadhna deug 's chan fhaod tu ùine a ghabhail far na sgoile," thuirt athair.

"Ach cò aig tha fhios cuin a bhios an fharpais seo ann a-rithist?" thuirt Lee.

"Chan eil e gu diofar leamsa. Feumaidh tu sin a leigeil às do cheann an-dràsta," thuirt athair. "Feumaidh tu foghlam math fhaighinn. Chan fhaigh thu obair no airgead a-mach às a' ghèam ghòrach sin."

"Chan eil e góirach idir. 'S e an gèam as sine air an t-saoghal! Bha iad a' cluich Clach, Pàipear, Siosar ann an Iapan mus do thòisich iad air na *martial arts* a chleachdadhbh airson suidheachaidhean fhuasgladh."

"Chan eil ann ach crannchur co-dhiù. A bheil thu ag ràdh riùn gu bheil thu deònach do bhith-beò a stèidheachadh air cuibhle an fhortain?"

"Chan eil thu ga thuigsinn. 'S e gèam inntinn a th' ann. 'S e sgil a th' ann a bhith math air," thuirt Lee.

"Chan eil thu a' dol ann idir is sin e, ceart?"

“Ach thug thu Màrtainn air falbh o chionn ghoirid airson farpais ball-coise.”

“Tha sin eadar-dhealaichte,” thuirt athair.

“Ciamar? Chan eil sin idir ceart. Seo a’ chiad turas a tha an fhpais air tighinn a dh’Alba,” thuirt Lee.

“Nach ist thu. Gabh a-mach às mo shealladh. A’ dol timcheall le do cheann anns na sgòthan fad na tide. Bu chòir dhut sgur dhen ghèam sin. Tha thu dìreach a’ caitheamh d’ ùine leis. Carson nach eil thu nas coltaiche ri do bhràthair?”

Bha athair ag èigheachd às a dhèidh nuair a choisich e a-mach às a’ chidsin.

Nuair nach robh Lee ach còig bliadhna a dh’aois, bha fhios aige gun robh e ag iarraidh Farpais Clach, Pàipear, Siosar na Cruinne a ghleidheadh. A’ chiad turas a chluich e an gèam chuir e iongnadh air gun robh e air chomas dha toileachas cho mòr fhaighinn à rud cho simplidh. Bhiodh e daonnan ag iarraidh air a theaghlaich ’s a charaidean cluich còmhla ris, agus an ceann greis, cha dèanadh duine aca a’ chùis air. Nam biodh aon phìos cèic-seoclaid air fhàgail an dèidh na dinneir, chanadh Lee, “Cluichidh sinn Clach, Pàipear, Siosar ’s gheibh am fear a bhuannaicheas e.” Cha b’ fhada gus an do dh’fhàs càch sgìth de bhith a’ call agus cha chluicheadh iad còmhla ris tuilleadh.



Cha robh mòran dhaoine anns a' bhaile bheag air an eilean far an robh Lee a' fuireach, 's cha d' fhuair e cothrom cluiche tric. Bha e a' smaoineachadh gun robh rudeigin ceàrr air; b' e an aon duine a bha dèidheil air a' ghèam, agus nuair a dh'innseadh e mun bhruadar aige, thòisicheadh a h-uile duine eile a' gàireachdainn.

Na shuidhe aig ceann na leapa, ghuil Lee ann am fasgadh a làmhan. Bha e ag èisteachd ris an uisge mhòr a bha a' dòrtadh às na speuran gruamach agus a' bualadh air an uinneig, agus smaoinich e air ana-ceartas a bheatha. Cha robh anns an eilean ach priosan na shùilean-san a-nis agus bha e a' coimhead air adhart ris an àm a

b' urrainn dha fhàgail.

Seo a' chiad bhliadhna a chaidh Farpais Clach, Pàipear, Siosar na Cruinne fhosgladh do dhaoine nas òige na naoi bliadhna deug agus bha e a' tòiseachadh an lèrnabhàireach ann an Glaschu. Airson faisg air còig mìosan bha Lee air a bhith ag iarraidh air a phàrantan cead a thoirt dha a dhol ann, ach a h-uile turas, gheibheadh e an aon fhreagairt.

“Dè math dhut a bhith a’ bruidhinn?” thuirt e ris fhèin.
“Chan fhaigh thu misneachd bhuapa mura h-eil ùidh agad ann am ball-coise no rudan àbhaisteach mar sin.” Sheas e agus choimhead e air an aiseig a bha a’ seòladh air falbh bhon eilean. Bha e a’ faireachdann gun robh a bhruadar a’ seòladh air falbh còmhla rithe.

An-ath-sheachdain, leugh Lee air an eadar-lion gun do bhuannaich nighean à Dun Èideann, a bha còig bliadhna deug, an fharpais, agus bha i a-nis a’ dol sìos a Lunnaidh airson na h-ath chuairt. Bha Lee cinnteach gum biodh e air buannachadh nan robh e air a bhith ann, agus gach uair a smaoinicheadh e air, dh’fhàsadadh e feargach. Bhon latha ud, dh’fhalbh ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar còmhla ris an ùidh a bh’ aige anns a h-uile rud eile. Dh’fhàs obair-sgoile na bu mhiosa na bha i riamh, agus nuair a rachadh e dhachaigh, cha dèanadh e càil ach suidhe san t-seòmar aige. B’ àbhaist dha a bhith a’ cluich Clach, Pàipear, Siosar cho luath ’s a

choinnicheadh e ri daoine ùra, ach a-nis cha chanadh e cail riutha.

Chaidh bliadhna seachad mar seo agus dh'fhàs pàrantan Lee draghail gun robh rudeigin uabhasach fada ceàrr air. 'S e latha trom, geamhradail a bh' ann nuair a fhuair iad fios bhon sgoil gun robh Lee ann an trioblaid. Fhuair iad a-mach gun robh Lee air a bhith a' sabaid ri balach nas sine na e a bha air a bhith a' fanaid air.

"Dè tha ceàrr, Scissorhands?" thuirt am balach 's e a' stobadh a chorragan an aodann Lee, gam fosgladh 's gan dùnadh mar siosar. "Carson nach eil thu a' bruidhinn?"

Cha do fhreagair Lee idir agus dh'fheuch e ri coiseachd air falbh, ach chùm am balach eile air a' fanaid. Mu dheireadh thall, cha b'urrainn dha èisteachd ris a' chòrr. Thionndaidh e agus rug e air làimh air, agus phut e na corragan air ais agus suas sròn a' bhalaich cho cruaidh 's a b' urrainn dha.

"Thu fhèin is Scissorhands," thuirt Lee agus e a' coiseachd air falbh, ach chaidh na corragan cho fada suas sròn a' bhalaich eile 's nach tigeadh iad aiste a-rithist gun chràdh agus b' fheudar dhaibh an gille eile a thoirt dhan ospadal.

"Mhotaich sinn bho chionn bliadhna gun robh Lee air

atharrachadh,” thuirt an tidsear. “An toiseach shaoil sinn gur e direach aois a bh’ ann ‘s gum faigheadh e seachad air, ach tha e a’ fàs nas miosa fad na h-ùine. Chan eil ùidh aige ann an càil air thalamh.”

“Cha robh fhios againn gun robh e cho dona sin,” thuirt a mhàthair.

“Uill,” thuirt an tidsear, “a bheil fhios agaibh dè tha ceàrr air?”

“Uill, bha e gu math brònach nuair nach d’ fhuair e cothrom a dhol gu farpais Clach, Pàipear, Siosar na Cruinne còrr is bliadhna air ais, ach ‘s cinnteach nach b’ e sin a dh’adhbhraich an dol-a-mach a tha seo.”

Nuair a fhuair iad uile dhachaigh, bhruidhinn a mhàthair ri Lee.

“Dè tha ceàrr, a ghràidh?”

Cha tuirt e càil.

“Dè thachair an-diugh?”

“Cha b’ urrainn dhomh a leasachadh. Carson a tha mi cho neònach?” dh’fhaighnich e.

“Nach ist thu! Carson a tha thu ag ràdh sin? Chan eil thu neònach idir.”

“Fad mo bheatha tha a h-uile duine air a bhith a’ fanaid orm nuair a thòisichinn a’ bruidhinn air Clach, Pàipear, Siosar, ach às aonais, tha mi air chall.”

“Carson nach tuirt thu càil?”

“Thuirt m’ athair gun robh mi gòrach a’ caitheamh m’ ùine mar seo. “

“Na èist ris! Ach ciamar a tha thu air chall às aonais Clach, Pàipear, Siosar?”

“Uill, nuair a choinnicheas mi ri cuideigin airson a’ chiad turais, feumaidh mi Clach, Pàipear, Siosar a chluich còmhla riutha airson faighinn a-mach dè an seòrsa duine a th’ ann. Bidh a h-uile duine ag ràdh gur e dìreach crannchur a th’ ann, ach chan e.”

“Dè a-rèist a th’ ann?”


“Tha gach ni a’ ciallachadh rudan eadar-dhealaichte agus tha e soilleir dhòmhhsa faicinn cò ris a tha duine coltach an dèidh cluich na aghaidh. Tha Clach co-cheangailte ri cumhachd agus neart agus sin a’ chiad fhear a thaghlas m’ athair gach turas. Ach bidh thusa a’ taghadh rudan eadar-dhealaichte gach turas agus ’s ann mar sin a bhios fhios agam ciamar a tha thu a’ faireachdainn. Sin an aon dòigh a th’ agam air daoine eile a thuigsinn. Ach a rèir a h-uile duine, chan eil ann ach góraiche.”

Cha tuirt a mhàthair càil airson diog, agus an uair sin
dh'èirich i agus chuir i a làmh dheas air a ghualainn.
“Chan eil thu gòrach idir agus ma tha rudeigin cho
cudromach sin dhut, na leig le neach sam bith toirt ort
d' inntinn atharrachadh,” thuirt i. “Nise, Clach, Pàipear no
Siosar?”

CLACH, PÀIPEAR, SIOSAR

Scen.
DINO

SEONAG
MONK



Pinc

le Seonag Monk

Bhuail an clag. Thog Eilidh leatha am baga leabhairchean agus na cabhaig dh'fhalbh i na ruith sìos trannsa na sgoile. Gu mì-fhoighidneach phut i seachad air a' chloinn a bha a' dol às an rathad oirre. Dh'fhosgail i an doras le brag, ga leigeil às cho luath 's a chaidh i troimhe, a' caitheamh nighean chaol le plastar air a cois agus bata aice, ris a' bhalla.

“Duilich, duilich!” dh'èigh Eilidh gun choimhead air ais a dh'fhaicinn an robh an nighean eile ceart gu leòr. Na cabhaig cha chuala i an nighean a' ràdh, “Ò nach seall thu cà' bheil thu a' dol!”

Aig geata na sgoile bha càr a màthar ga feitheamh. Ruith i a-null thuige agus i a' faireachdainn boinneagan uisge a' tòiseachadh. Leum Eilidh a-steach dhan chàr. Shlaod i liaparan phàipear a-mach às a baga, agus anns a' mhionaid, gun ghuth a ràdh ri màthair, thòisich i air leughadh. Bha dòrtadh uisge ann a-nis.

“An e siud an nighean a tha a' fuireach air ceann na sràid againne?” dh'fhaighnich a màthair agus i a' coimhead a-null air an nighinn chaoil leis a' bhata. “Dh'fhaodadh i tighinn còmhla rinn sa chàr. Dè an t-ainm a th' oirre?”

“Chan eil fhios agamsa dè an t-ainm a th’ oirre,” fhreagair Eilidh agus i fhathast a’ leughadh nan duilleagan pâipeir. “Agus bidh... bidh cuideigin daonnan a’ tighinn ga h-iarraidh às dèidh na sgoile. Thugainn, a Mhamaidh, chan eil ùine againn feitheamh, no bidh sinn fadalach. Thugainn, a Mhamaidh, tha cabhag orm!”

An e breug a bha siud? Uill tha fios gum biodh cuideigin a’ tighinn ga h-iarraidh. Tha fhios gum bitheadh. Cha robh ùine aig Eilidh air smaoineachadh air an sin an-dràsta. Cha robh ùine aice fiù ’s sùil a thoirt air ais air an nighinn chaoil a bha a-nis gu math fluch agus an t-uisge air drùdhadh oirre.

Cabhag, cabhag, cabhag. B’ e sin saoghal Eilidh an-dràsta. Cabhag dhachaigh, a’ gabhail biadh na cabhaig agus a’ falbh gu talla a’ bhaile na cabhaig buileach, air eagal ’s gum biodh i fadalach.

Bha dealbh-chluich ga h-ullachadh ann an talla a’ bhaile. Bha pàirt aig Eilidh anns an dealbh-chluich, deagh phàirt. Bha i a’ faighinn dreas brèagha a chur oirre, dreas pinc le tòrr ghrìogagan deàrrsach air fheadh, ribeanan pinc mu gruaig, brògan pinc mu casan.

Bha aice ri dannsa a dhèanamh agus ri òrain a ghabhail.

Bha na cleasaichean eile air a ràdh rithe gun robh i tàlantach, gun robh i a’ coimhead brèagha air an stèids,

agus i cho àrd, bànn. Bha e a' còrdadh rithe a bhith air àrd-ùrlar, solais a' deàrrsadhbh oirre, i na seasamh a' lìbhrigeadh nam briathran mar a dh'ionnsaich an stiùiriche dhi.

Bha am buidheann dràma an dèidh a bhith ag ullachadh na dealbh-chluich fad ceithir seachdainean agus a-nochd fhathast, bhiodh iad a' fosgladh dhan mhòr-shluagh, agus mar nach biodh sin gu leòr, bha fathann làidir ann gun robh muinntir tèatair a' bhaile mhòir a' dol a thighinn ga choimhead.

Bha an dealbh-chluich air beatha Eilidh cha mhòr a ghabhail thairis na cadal agus na dùsgadh. Cha robh dad air a h-aire ach dreasaichean pinc, grìogagan, ag ionnsachadh loidhneachan agus an saoghal ùr a bha roimhpe gu cinnteach air àrd-ùrlar, agus, tha fios, ann am filmichean agus air an telebhisean.

Bha a làmhan air chrith a' cur oirre an dreas brèagha, pinc, a' ceangal nan ribeanan na gruaig, a' cur maise-gnùis air a h-aodann. O chùl na stèids chitheadh i daoine a' teannadh ri cruinneachadh anns an taigh-chluiche.

Deich mionaidean eile agus bhiodh an cùirtear ga thogail agus chitheadh a h-uile duine cho tàlantach 's a bha i, cho math air seinn, cho math air dannsa, cho cumhachdach a' lìbhrigeadh briathran na dealbh-chluich.

Cho blàth 's a tha an taigh-cluiche shaoil Eilidh an oidhche ud, agus cho làidir 's a bha na solais a' deàrrsadhbh oirre. Cha robh Eilidh a' coimhead cho gleansach, brèagha 's a b' àbhaist. Bha i a' coimhead glas, drèin air a h-aodann leis a' phian. Carson nach gluaiseadh a casan a dhèanamh dannsa? Carson a bha iad ag iarraidh oirre laighe stòlda? Cuideigin ag iarraidh oirre cunntas gu deich? Cha robh sin anns an dealbh-chluich!

"Cà' bheil mi?" chuala i i fhèin a' faighneachd.

"Anns an teatair, Eilidh. Tha thu anns an teatair."

Thòisich an oidhche cho math, agus bhiodh an oidhche gu lèir air a bhith math mura bitheadh a' chabhag. 'S e a' chabhag a dh'fhàg nach do cheangail Eilidh a brògan dòigheil, agus 's e a' bhròg a' tighinn dhith a thug oirre a ceum a chall air cùl an àrd-ùrlair, i slaghdeadh ri crann solais, e tuiteam gu trom, a' dèanamh brag agus an fhuil dhearg a' sruthadh air feadh grìogagan an dreas bhrèagha phinc.

Cha robh sìon a chuimhne aice iad falbh leatha dhan ospadal le a cas briste, cha robh mòran cuimhne aice a bharrachd a bhith ann an teatair an ospadail. Cha do thug i ceart dè thachair gus an do dhùisg i sa mhadainn agus am faca i a cas air a còmhdach chun na glùine le plastar pinc.



Chaidh cianail math leis an dealbh-chluich. Thadhail grunn dhen sgioba dràma feasgar no dhà às dèidh sin le flùraichean. Bha moladh mòr, mòr ga dhèanmh air Elsie Swank; leum ise a-steach aig a' mhionaid mu dheireadh agus ghabh i pàirt Eilidh.

Bha i math. Bha cuid dhen sgioba dhen bheachd gun robh

i na b' fheàrr na Eilidh ged a bha iad coma sin a ràdh rithe, co-dhiù agus i na suidhe an sin le cas bhriste 's i a' coimhead cho truagh.

"Tha mi an dòchas nach do mhill mi an oidhche mhòr?" ars Eilidh agus i air car do dhealbh a dhèanamh dhith fhèin na laighe sàmhach air an àrd-ùrlair, a gruag bhuidhe straoinnte air feadh an ùrlair, an dreas brèagha pinc a-nis dearg le fuil, bròg a bhos, bròg eile thall. Na daoine anns an taigh-chluich nan seasamh, an cridhe gu stad leis an t-sealladh uabhasach a bha mun coinneamh.

"Cha do mhill idir, idir," fhreagair Nan Eòghainn agus an t-aodann brùchdach, dearg aice a' tighinn a-nall ro fhaisg air Eilidh.

"Bha thu air cùl an àrd-ùrlair; chan fhaca duine sìon."

"Agus," ars Eàirdsidh beag agus e a' putadh a-nall nas fhaisge, "bha mise a' cluich cruaidh air a' bhogsa a h-uile turas a bha thu a' sgiamhail."

"Show must go on, mus tuirt iad," arsa Nan Eòghainn agus i fhèin agus an sgioba a' falbh agus a' fàgail Eilidh nas ìsle na h-inntinn na bha i mus do nochd iad.

Cha robh ùine aig an sgioba tadhail a-rithist. Bha iad nan cabhaig ag ullachadh airson dealbh-chluich ùr.

Cha robh guth aig Eilidh air cabhag a-nis. Uill chan urrainn dhut cabhag a dhèanamh le cas bhriste is croitsichean. Thuig Eilidh sin gu math luath anns na sia seachdainean a chuir i seachad ann am plastar. Thuig i cuideachd, ged nach b' urrainn dhìse cabhag a dhèanamh, gun robh daoine eile cho tric a' falbh nan leum gun for aca, a' sguabadh seachad mar a' ghaoth, a' caitheamh dhorsan fosgalte agus dùinte gun shùil a thoirt cò bha air an cùlaibh.

Aon Disathairne agus i a' faireachdainn an latha cho fada, dh'fhalbh Eilidh dhan bhaile air a' bhus. Le a cas cho trom agus na croitsichean cho doirbh cha b' fhada gus an do dh'fhàs i sgìth.

“Ò nach seall thu cà' bheil thu a' dol,” dh'èigh i gu fiadhaich ri gille òg a theab a leagail anns an dol-seachad. Bha an t-uisge a' teannadh ri dòrtadh agus pìos aice ri choiseachd air ais chun a' bhus.

Air taobh thall an rathaid bha nighean òg na ruith, i a' dol a leum a bhroinn càir gus faighinn air falbh on uisge, nuair a thug i an aire do dh'Eilidh agus an damaiste a bha i a' faighinn. Thug e na cuimhne cho doirbh 's a bha e dhi fhèin na seachdainean a bha i le plastar air a cois. Dh'fhosgail i doras a' chàir agus i a' dol a leum na bhroinn. Stad i.

“Eilidh!” dh'èigh i a-null an uair sin. Dh'fhalbh i na ruith

tarsainn an rathaid.

“Tha e doirbh, nach eil?”

Choimhead Eilidh air an nighinn.

“Chan eil thu gam aithneachadh, a bheil? Tha mi anns an aon sgoil riut.

B’ àbhaist plastar a bhith orm agus bata a bhith agam.”

“S e mise Mairead,” ars an nighean. “Tha càr aig mo mhàthair thall an siud ma tha thu ag iarraidh dhachaigh. Bidh e nas phasa na bus?”

Gu taingeil shuidh Eilidh an cùl a’ chàir, an t-uisge a-nis a’ dòrtadh, a h-inntinn a’ tilleadh gu feasgar eile agus an t-uisge a’ dòrtadh nuair nach do leig a’ chabhag leatha cuideachadh a thoirt seachad. “Nach mi bha suarach,” smaoinich i.

“A Mhairead?” ars Eilidh. “Tha mi air DVD ùr a cheannach an-diugh. An còrdadh e riut tighinn ga choimhead dhan taigh agam?”

“Chòrdadh,” arsa Mairead. “Agus seallaidh mi dhut an dòigh as fheàrr air dannsa diosgo a dhèanamh le bata!

Rinn Eilidh a’ chiad ghàire airson iomadh latha.

PINC

SIMON
Cowell Ha Ha



SEONAG
monk

Simon Cowell Ha Ha

le Seonag Monk

“**S**iobhan, bheil thu gam chluinntinn?”

A' chiad latha de shaor-làithean an t-samhraidh agus bha Siobhan a' feuchainn ri ceumannan dannsa a dhèanamh mu choinneamh sgàthan fada anns an rùm aice. Bha e doirbh o nach robh na casan aice sùbailte gu leòr.

Bha màthair Siobhan anns a' chidsin agus i trang ag ullachadh bracaist. Barrachd agus aon turas bha i air èigheach air Siobhan tighinn a-nuas chun a' bhùird.

Bha Siobhan ga coimhead fhèin san sgàthan. Leig i osna.

“Ò, ach cho reamhar 's a tha mi. Tha mi mar bharaille, agus am falt a tha seo nach gabh cìreadh.”

“Ò, carson a tha mise cho grànda?”

“Chan eil mi idir ag iarraidh bracaist,” dh'èigh i ri màthair.

'S e nighean bhòidheach a bha ann an Siobhan – ged nach robh i fhèin a' faicinn sin. Bha gun teagamh a craiceann mar a bhios craiceann nighinn aois trì bliadh'n' deug gu leth – guireanan dearg a mu smig agus mu sròin.

Bha gruag bhrèagha chamalagach, ruadh oirre, ach aig àm nuair a b' e am fasan gruag ghleansach, dhìreach, 's e plàigh a bha ann an gruag chamalagach nach gabhadh a dèanamh dìreach.

Agus gu cinnteach bha i clach no 's dòcha clach gu leth ro throm sa chuideam airson a h-aois.

“A bheil thu ag iarraidh slios marag dhubh còmh’ ris an ugh, Siobhan?”

Aig an aon àm agus a chuala Siobhan ceist a màthar, chuala i fuaim a mionaich a' rùchdail agus dh’fhairich i fàileadh brèagha a' bhìdh a' ruighinn a sròn.

“Ok, Mam,” dh’èigh i, agus i a’ dol dhan chidsin.

Bha i a’ feitheamh teacsa bho Aoife agus bho Shìneag, na caraidean aice. Bha an triùir aca air plana a dhèanamh còmhlan-dannsa a thòiseachadh agus gun rachadh iad gu na clasaichean dannsa aig an fhèis. An uair sin chuireadh iad a-staigh airson “Britain’s Got Talent” air an TBh.

“Dè tha a’ cumail Aoife is Sìneag?” arsa Siobhan agus i a’ coimhead air a’ fòn. “Bidh sinn caran mar Riverdance, a Mham. An robh mi ag innse dhut?”

“Ò bha, a ghaoil,” arsa a màthair. “Bha thu ag innse dhomh. Siobhan, a ghaoil,” thòisich a màthair ri ràdh agus

i a' coimhead caran mì-cofhurtail, "tha rudeigin..."

Gù Gù. Gù Gù.

"Ò, siud a' fòn agam. Tha an t-àm agaibh!" arsa Siobhan.

"Ò, tha Aoife air teacsa a chur thugamsa ann am mearachd ... an àite a chur gu Sìneag.

An ath rud leig Siobhan sgiamh aiste, sgiamh cruaidh nach tig ach à muineal nighinn trì bliadhna' deug gu leth.
"Dè?" ars a màthair. "Dè th' ann?"

Le guth socair leugh Siobhan an teacsa.

"An do dh'inns thu do Shiobhan nach eil sinn ga h-iarraidh airson a' chòmhlaín-dannsa? Smaoinich Simon Cowell agus Siobhan? L O L Tha Marina Hutton deònach; cluichidh i an fhidheall & nì i dannsa."

Dh'fhairich Siobhan na deòir a' cruinneachadh gu teth an cùl a sùla. Cha robh Aoife agus Sìneag idir ga h-iarraidh.... Marina Hutton, bha i sin àrd, caol, brèagha ... cha robh Aoife agus Sìneag idir ga h-iarraidh anns a' chòmhlan-dannsa. Bha ceann Siobhan a' goil agus i a' feuchainn ri seo uile a thuigsinn.

Airson greiseag cha robh i a' cluinntinn guth a màthar a' bruidhinn rithe, chionn bha faclan a' dol timcheall a

cinn mar gum biodh iad crochte air spògan muileann-ghaoithe ... Aoife ... Dannsa ... Simon Cowell ... Marina Hutton ... idir ga h-iarraidh ...Bhancùbhar.

Bhancùbhar! Stad a' muileann-ghaoithe.

“Bhancùbhar? Dè tha sibh ag ràdh mu dheidhinn Bhancùbhar, a Mhamaidh?”

“Ò Siobhan,” ars a màthair, “tha seo cho doirbh. A bheil cuimhne agad gun do dh’inns mi dhut gun do bhris Granaidh Bhancùbhar a cas? Uill...” Stad màthair Siobhan tiotan agus i a’ gabhail balgam cofaidh, “uill ... tha mi a’ dol a ghabhail mìos far m’ obair agus... ”

“Ò, Mhamaidh! Tha sinn a’ dol a Bhancùbhar!
Fantabadooletastic! Wow! Fuirich gus an inns mi
do Shìneag is Aoife. ’S ann orra a bhios am farmad!
Bhancùbhar ... airson mìos! Wow!”

“Fuirich, fuirich, socair ort,” ars a màthair. “Èist ri umionaid.”

Cho do dh’èist Siobhan idir ris a h-uile facal a bha a màthair a’ ràdh rithe, dìreach an fheadhainn a bha a’ cunntas. Thòisich a’ muileann-ghaoithe a’ dol mu chuairt a-rithist na ceann, faclan ùra crochte a-nis.
Bhancùbhar ... leam fhìn ... aon tiogaid ... thusa a’ dol a dh’fhuireach còmhla ri mo bhana- charaid Antaidh Lily.

“Antaidh Lily!” dh’èigh Siobhan agus i a’ leum air falbh bhon bhòrd. “Tha sin miltean air falbh. Tha seo sgràthail!”

Bha na deòir a-nis a’ sruthadh sìos a gruaidhean, a h-aodann dearg leis an dòrainn agus le reachd.

“Dè an seòrsa màthar a th’ unnaibh? A’ falbh gu taobh eile an t-saoghal agus gam fhàgail-sa còmhla ri strainnsearan?”

“Chan eil Aoife is Síneag gam iarraidh agus a-nis chan eil sibhse gam iarraidh!”

Dh’halbh i na steall a-steach dhan rùm aice fhèin. Dhùin i an doras agus chaith i i fhèin air an leabaidh a’ caoineadh agus a’ caoineadh gu goirt, agus a’ dèanamh glè chinnteach gun cluinneadh a màthair i.

“A’ chiad latha dhe na saor-làithean agus tha a h-uile sòn air a dhol ceàrr. Cha bhruidhinn mi ri Aoife no ri Síneag gu bràth, gu sìorraidh, gu bràth tuilleadh. Cha bhruidhinn, cha bhruidhinn, cha bhruidhinn!”

“Mamaidh ann an Canada. Aoife agus Síneag gu bhith air BGT, agus mise nam stob còmhla ri Antaidh Lily agus Seumas... ” Seumas! Bha i air diochuimhneachadh mu Sheumas.

Bha Seumas còig bliadh’n’ deug, gille àrd, tana, le sùilean blàth, donn, agus falt dorcha. Chuimhnich i an turas a

thàinig Lily agus Seumas a dh'fhuireach latha no dhà o chionn sia mìosan. Bha i a' fàs dearg nan coimheadadh Seumas oirre, agus nam bruidhneadh e rithe, bhiodh a freagairt a' glacadh na h-amhaich, na faclan a' tuiteam a-mach an lùib a-chèile. Bha fiù 's Aoife agus Sìneag a' ràdh nach fhaca iad gille riamh cho snog.

"Smaoinich," ars ise rithe fhèin. "Mìos anns an aon taigh ri Seumas! Cò aig a tha brath dè dh'fhaodadh tachairt!" "Dè chanas Aoife agus Sìneag nuair a chì iad an dealbh agam fhìn agus aig Seumas air Facebook! Bidh iad purpaidh le farmad!

"A Mhamaidh!" ars ise, agus i a' leum far na leapa leis an toileachas, agus i a-steach dhan chidsin na steall. "Am faod mise dinichean ùra agus lèine fhaighinn mus tèid mi thaigh Antaidh Lily?"

Feasgar an làrna-mhàireach, bha Siobhan air a' bhus, na dinichean ùra ga gearradh na dà leth leis cho teann 's a bha iad. Bha a làmhan sgìth leis an ùine a chuir i seachad fad na madainn a' dìreachadh a fault. Thug i a-mach am fòn aice. Smaoinich i air Aoife agus air Sìneag.

"Tha mi dol a leigeil orm nach do leugh mi riamh na teacsa aig Aoife," arsa ise rithe fhèin. "Mise nach eil ag iarraidh a bhith anns a' chòmhlan agus chan e iadsan nach eil gam iarraidh-sa."

Thòisich i air sgrìobhadh.

“Tha mi duilich; chan urrainn dhomh a bhith anns a’ chòmhlan. Tha mi a’ cur seachad nan saor-làithean còmhla ri Antaidh Lily.” Stad i.

“Chan e,” ars ise rithe fhèin agus i a’ sgrìobhadh às ùr. “Tha Seumas air iarraidh orm na saor-làithean a chur seachad còmhla ris.” Chuir i air falbh an teacsa.

An ceann tiotan no dhà thàinig am fuaim gù gù, agus gù gù a-rihist air a’ fòn. Aon fhacal aig Aoife, “WOW” agus aig Sineag, “Am faod sinn tighinn a thadhal ort? Cuir an dealbh aig Seumas air Facebook!”

Shuidh Siobhan air ais agus dhùin i a sùilean, fiamh gàire air a h-aodann agus i a’ smaoineachadh air Seumas. I fhèin agus Seumas a’ coiseachd air an tràigh, i fhèin agus Seumas aig biadh còmhla ann an taigh-bìdh, i fhèin agus Seumas a’ dannsa còmhla … agus ò, Seumas a’ lùbadh sìos faisg, faisg oirre… cho faisg agus gun robh anail air a h-aodann agus e a’ dol ga … pògadh! Dh’fhairich i h-aodann a’ fàs teth, dearg agus a cridhe a’ plapail cho cruaidh agus cho luath.

Bha Siobhan sgìth nuair a ràinig i taigh Antaidh Lily às dèidh a bhith cho fada air a’ bhus. Choimhead i timcheall ach am fàsadhbh a sùilean eòlach air an taigh. Bha an t-acras oirre agus bha am pasta air an truinnsear mu

coinneamh blasta. Air a fiaradh thug i an aire dhan cheann dhubb ghaolach aige a' coiseachd a-steach. Seumas! "Ò, Sheumais..." a cridhe a' gearradh bochdag agus a' toirt air pìosan pasta tuiteam air an ùrlar an àite a dhol na beul.

Gu neònach cha robh e cho àrd 's a bha cuimhne aice, agus e a' tionndadh a ràdh, "Hallò!" rithe. Thug i an aire gun robh na sùilean blàthha, donna air fàs gorm, agus gun robh e air fàs ... òg!

"Seo Dòmhnaill," ars Antaidh Lily.

"Dòmhnaill? Ach ... eh ... Seumas? Càit a bheil Seumas?" thòisich Siobhan a' gagadaich.

"Ò," ars Antaidh Lily. "Chaidh Seumas a champachadh dhan Chuimrigh airson nan saor-làithean. Bidh tòrr spòrs agad còmhla ri Dòmhnaill ... ùidh mhòr aige ann an eunlaith agus uill ... san àrainneachd air fad. Nach eil, a Dhòmhnaill?

"Ò tha," arsa Dòmhnaill, agus e a' suidhe sìos aig a' bhòrd. "Tha tòrr agam ri shealltainn dhut."

Dh'fhairich Siobhan a cridhe a' sgur a bhocadaich agus e a' dèanamh gluasad neònach mar gum biodh e a' tuiteam air a shocair sìos na brògan. Eunlaith? An àrainneachd? Bu bheag aic' iad.

Bha a' ghrian a' deàrrsadhbh nuair a dhùisg Siobhan a làrna-mhàireach. Bha i na sìneadh greis san leabaidh, a' coimhead air na teacsainchean air a' fòn aice. Aoife agus Sineag ag iarraidh oirre dealbhannan de Sheumas a chur thuca, ag iarraidh oirre a dhol air an eadar-lion agus a' faighneachd cuin a dh'fhaodadh iad tighinn a thadhal oirre aig taigh Antaidh Lily.

“Ó, nam biodh fhios aca,” arsa Siobhan rithe fhèin le osna.

Ag èirigh às an leabaidh chaith i na dinichean ùra a bha ro theann gu aon taobh agus chuir i oirre paidhir cofhurtail. Cha leigeadh i leas bodraigeadh ri falt nas mothà. Shlaod i null e, ga cheangal air cùl a cinn. Thog i am fòn agus i ga choimhead greis. Tharraing i anail throm agus sgriobh i... “Chan eil am fòn ag obair an seo, agus chan eil na an t-eadar-lion.”

Bhrùth i am putan, chuir i air falbh a' bhreug, agus an uair sin, chuir i dheth am fòn buileach glan agus chaith i gu cùl drathair e.

“Day one,” arsa Siobhan agus i ag atharrais a ghuth a bhiodh i a' cluinntinn air an telebhisean. “*Day one in the house of the wee brother!*”

Gu dè idir a bha i a' dol a dhèanamh fad ceithir seachdainean? Nam biodh i aig an taigh, bhiodh i greis

mhath dhen latha air Facebook. An fhìrinn? Bha i air bhioran ag iarraidh a dhol air a' choimpiutair. Ciamar a bha Aoife agus Sìneag a' faighinn air adhart? An do sgrìobh iad gu Simon Cowell fhathast? Dè bha na caraidean air Facebook a' dèanamh? Chloe is Carol, Shabna is Anna is Clare? Ach cha b' urrainn dhi a dhol air an eadar-lion no bhiodh fhios aige Aoife agus aig Sìneag gun robh i ag innse bhreugan. Bhiodh iad airson faighinn a-mach càit an robh taigh Antaidh Lily agus ma dh'fhaodte gun tigeadh iad a thadhal oirre. Chitheadh iad nach robh i air saor-làithean còmhla ri Seumas ach còmhla ri bhràthair beag, Dòmhnaill!

Ach ciamar idir a bha i a' dol a chur seachad na h-ùine?
“An dèan thu an gnothach air a' bhaidhsagal seo?”
Chuala i guth air taobh a-muigh na h-uinneig. Bha dà bhaidhsagal ris a' bhalla, an t-uabhas stuth crochte ri fear aca, slatan-iasgaich, crogan bhoiteagean, prosbaig, bòtannan. Dè nach robh ann?

“Baidhsagal?” arsa Siobhan. “Dè tha mise a' dol a dhèanamh le baidhsagal?

“Tha na slait agam an seo cuideachd,” ars Dòmhnaill, e cho moiteil mun latha sgoinneil a bha ron dithis aca. “Ma dh'fhàsas i sgòthach, ma dh'fhaodte gun dèan i iasgach. ’S aithne dhomh deagh abhair anns a bheil iasgach math.” Cha tug e an aire dhan choltas a bha air aodann Siobhan. “Ach fuirich gus an inns mi dhut,” ars esan, a ghuth

a' fàs luath leis an toileachadh. "Tha seo gu math diomhair, chan eil fhios aig duine air ach agam fhìn, ach tha nead iolaire-mhara shuas air an sgeir agus trì uighean innte. Tha mi mionnaicht' às gur e uighean iolaire-mhara a tha ann. Tha mi a' cumail sùil feuch an dèan i an gnothach air na h-iseanan a thoirt a-nuas. Smaoinich iolaire-mhara! Tha iad gu math ainneamh anns an dùthaich seo a-nis, ged a tha iad a' tilleadh. Thugainn. A bheil thu deiseil airson falbh?"

"A Dhòmhnaill," ars Siobhan agus i a' putadh na h-uinneig fosgailte, agus ag èigheach ris, "chan eil fhios a'm cò air a tha thu a' bruidhinn? Chan eil mise ag iarraidh falbh air baidhsagal a choimhead air eòin no iasg."

Thug i an aire dhan choltas dhiombach a thàinig air aodann Dhòmhnaill. "Ò siuthad ma tha," ars ise. "Fuirich gu faigh mi mo sheacaid. Dè eile a tha mi a' dol a dhèanamh an seo leam fhìn co-dhiù?"

Bha latha brèagha ann le oiteag bheag. Bha Siobhan air diochuimhneachadh cho math 's a bha e air baidhsagal – ged nach b' fhada gus an do dh'fhàs i sgìth. Cha do rinn i an gnothach air an sgeir far an robh nead na h-iolaire a ruighinn an latha sin, ach ràinig iad abhainn far an do chuir iad seachad am feasgar ag iasgach. Na seasamh aig oir na h-aibhne a' caitheamh na slait-iasgaich, chuir e iongnadh oirre cho math 's a bha seo a' còrdadh rithe, agus a' còrdadh buileach rithe nuair a dh'fhairich i grèim

air an dubhan agus a shlaod i a-steach am breac.

“Cà’ bheil am fòn? Cà’ bheil am fòn? Feumaidh mi dealbh a chur gu Aoife is Sìneag!”

Ach bha am fòn na laighe an cùl an drathair.

Chaidh seachdain seachad mus do rinn iad an gnothach air turas a ghabhail far an robh nead na h-iolaire. Bha Siobhan air fàs sgileil air a’ bhaidhsagal agus bha na casan leisg aice air fàs làidir.

“Fuirich socair, socair,” ars Dòmhnaill rithe agus iad nan sìneadh am falach sna sealastairean le prosbraig an duine. “Na gluais no chì sùilean biorach na h-iolaire sinn. Bha iad nan laighe an sin ùine mhòr gu sàmhach ach cha robh sgeul air an iolaire.

Thill Siobhan agus Dòmhnaill latha às dèidh latha a laighe am falach feuch am faiceadh iad sealladh dhen iolaire-mhara. Ach cha robh sgeul oirre.

“S dòcha gun robh mi ceàrr,” ars Dòmhnaill agus e a’ fàs cho dubhach. “Cha tig sinn tuilleadh.”

Am feasgar sin bha Dòmhnaill cho tùrsach, sàmhach ’s gun robh Siobhan a’ gabhail truas ris.

“Thèid sinn a choimhead aon fheasgar eile,” arsa

Siobhan. Bha i air a leithid a chluinntinn mun iolaire-mhara 's gun robh i airson an t-eun ainmeil fhaicinn le sùilean fhèin.

Agus 's e ise a chunnaic an toiseach i. Airson mionaid no dhà cha tuirt i guth.

“A Dhòmhnaill,” ars ise, “an e siud i?”

Eun mòr, mòr nas mothà na eun a chunnaic an dithis aca riamh. Iolaire mhòr ruadh le sgiathan fada, fada, gob buidhe, sùilean biorach.

“Nach eil i brèagha?” ars esan gu socair.

Iolaire Sùil-na-Grèine. Sin an t-aimn aice, na sùilean cho deàrrsach. A-nuas a-nuas gun tainig i, a' siabadh a-nuas chun na nid. Chunnaic iad trì cinn bheaga a' nochdadhbh len guib fosgailte a' feitheamh biadh om màthair.

“Seall orra,” ars an dithis le aon ghuth, “na h-iseanan!
Tha i air na h-iseanan a thoirt a-mach!”

Bha Dòmhnaill agus Siobhan le chèile air an làn-dòigh!
B' e seo uair eile nuair a bha Siobhan ag òrdachadh gun robh fòn aice airson dealbh a thogail. Àm eile nuair a lùigeadh i a dhol air coimpiutair a dh'innse dè bha i ris, chionn bha gu leòr ri innse.

Thuig Siobhan air na saor-làithean sin gun robh barrachd anns an t-saoghal seach teilidh agus Simon Cowell, agus a' cosg ùine air fòn agus Facebook. Bha e math a bhith a-muigh sa ghaoith a' falbh air baidhsagal a' lorg fhìlùraichean neo-àbhaisteach, ag iasgach nam breac agus a' faicinn iolaire agus na h-iseanan aice. Bha e math, ach math 's gun robh e, bha fadachd air Siobhan gus an tigeadh crìoch air a' cheathramh seachdain agus gus am faigheadh i dhachaigh.

“Ò uill, tha mi a' coimhead air adhart ri Mamaidh fhaicinn,” ars Siobhan agus i air a' bhus a' tilleadh dhachaigh. “Ach tha mi a' coimhead air adhart ri Aoife agus Sìneag fhaicinn cuideachd. Coma leam mu dheidhinn BGT, agus, uill, cha robh mi math air dannsa co-dhiù.”

Mu leth uair air falbh on taigh aice fhèin, thàinig triùir nighean air a' bhus.

“Seall Marina Hutton!” ars Siobhan fo anail.

Marina Hutton a bha Aoife agus Sineag ag iarraidh anns a' chòmhlan-dannsa aca. Shuidh i suas feuch an cluinneadh i dè bha iad a' ràdh.

Bha Marina Hutton ag innse mar a chaidh a taghadh airson a bhith air an teilidh.

“Dè mu dheidhinn Aoife agus Sìneag?” dh’fhaighnich an nighean eile.

“Ò cha robh na britheamhan ag iarraidh Aoife no Sìneag idir. Cha robh iad math gu leor,” ars Marina Hutton agus a sròn san adhar. “Nì mise dannsa agus cluichidh mi an fhidheall aig an aon àm.”

Leum Siobhan far a’ bhus le roid, i a’ slaodadh leatha a baga agus i aig an aon àm ag èigheachd air a’ fòn, “Hallò, Shìneag. Tha mi air ais. Cà’ bheil sibh?”

Bha e math an dithis fhaicinn ged a bha iad le chèile a’ coimhead diofraichte. Bha iad air am falt a chur air dòigh ann an stoidhle camalagach. “Peirm air ais san fhasan,” ars Aoife agus i a’ faicinn Siobhan ga coimhead. “Ò uill, Siobhan, tha h-uile coltas gun do rinn na saor-laithean feum dhutsa,” arsa Sìneag.



Agus rinn. Bha i air clach a chuideam a chall leis na bha i air a dhèanamh de choiseachd agus air baidhsagal, bha a sùilean deàrrsach, a craiceann glan, a gruaidhean pinc agus a falt dualach, camalagach, a bha nis anns an fhasan, air fàs bànn-ruadh leis a' ghrèin.

Bha uiread de naidheachdan ri innse eadar an triùir am feasgar sin, eadar Iolaire Sùil-na-Grèine, Marina Hutton, agus Simon Cowell le Siobhan a' cumail a' chòmhraidih gu sgileil air falbh o Sheumas. Dh'fhanadh an naidheachd sin gu latha eile.

SIMON COWELL HA HA



Tarsainn air an t-Sneachd



DAIBHIDH MÀRTAINN

Tarsainn air an t-Sneachd

le Daibhidh Màrtainn

Dh'fhaodainn fuireach an seo a-chaoidh,"
shaoil Catriona, a' coimhead mun cuairt air
sìorraidheachd nam beanntan air gach taobh. Bhiodh e
doirbh dhi mìneachadh dìreach cho iongantach 's a bha
Innis Tìle nuair a thilleadh i dhachaigh. Bha e cho brèagha
nuair a thòisich an sneachd a' tuiteam 's a fhuair i tlachd
bho bhith a' sealtainn suas dha na speuran a bha ag
èirigh àrd air cùl beanntan geala na dùthcha.

"Chan urrainn dhomh chreidsinn gur e seo an latha mu
dheireadh mar-thà," thuirt Cailean ri Catriona, 's e a' cur a
ghàirdein timcheall oirre.

"Tha fhios a'm," thuirt Catriona, "chan eil mi deiseil
airson a dhol dhachaigh."

Fhuair i aoibhneas dìreach bho bhith faisg air an
t-sneachd 's cha mhòr gum fuilingeadh i smaointinn
gum biodh aice ri dhol air ais a dh'fhuireach cho fada
bhuaithe. Chuimhnich i air a h-òige, nuair a bhiodh an
geamhradh cho cruaidh 's nach biodh fiù 's bùrn teth aca,
oir bhiodh na pìoban reòthte.

Bhiodh an teaghlaich uile còmhla, nan suidhe timcheall an teine ag innse sgeulachdan agus a' gabhail òran.

A-mach às a' bhuidhinn a bha air an turas a dh'Innis Tile, bha Catriona agus Cailean gu math na b' fheàrr air a' bhòrd-sneachda na bha duine sam bith eile. Dh'fhàg iad Sile, Crìsdean agus Seumas air an cùlaibh às dèidh a' chiad latha.

Dh'fhàsadh an t-sìde gu math na bu mhiosa tron latha, a rèir an rabhaidh a bha sgrìobhte air clàr ri taobh a' chiad sèithear-togail, a bha cuideachd ag innse gun robh e cunnartach a dhol ro àrd nuair a bha gaoth mhòr ann.

“Carson nach tèid sinn a-mach còmhla an-diugh?” thuirt Sile. “Tha e math fuireach còmhla ann an droch shìde agus seo an latha mu dheireadh againn co-dhiù.”

“Ach tha mise ag iarraidh am bothan beag a lorg, am fear air an robh an duine a' bruidhinn a-raoir anns a' bhàr,” thuirt Catriona, “agus chan eil ach mi fhìn 's Cailean comasach a dhol ann oir 's e slighe dhoirbh a th' ann.”

“Seachad air na slighean àbhaisteach? Bheil thu glan às do chiall? Nach cuala tu mun aimsir a bhios ann an-diugh? Chan eil ach aon lioft a' dol faisg air a' mhullach.”

“Feumaidh sinn falbh ma-thà mus dùin e,” thuirt Catriona ri Cailean, ‘s i a' togail a' bhùird-sneachda.”

“Chan fhaic sibh càil leis a’ ghaoith seo. Dè nì sibh ma thèid sibh air chall?” thuirt Crìsdean.

“Na gabh dragh, a Chrìsdein! Ach chan eil mise a’ fàgail an àite seo gun am bothan ud fhaicinn. Tha duine annasach a’ fuireach ann agus tha mi gu deimhinne a’ dol ga choinneachadh.”

“Uill, ma tha an dithis agaibhse a’ dol suas, tha sinne a’ tighinn còmhla ribh,” thuirt Seumas.

“Tha sin gòrach. Chan fhaigh sibh sìos slàn,” thuirt Cailean. “Chan urrainn dhuibh fiù ’s leum 180° a dhèanamh.”

“S tha mi cinnteach nach eil rud sam bith ann a tha ro dhuilich dhutsa, a bheil?” thuirt Crìsdean.

“Carson nach fhuirich an triùir agaibh aig a’ bhonn còmhla ris a’ chloinn eile. Tha sinne a’ dol a dhèanamh bòrdadh ceart, ge brith dè chanas sibh,” thuirt Cailean ’s e a’ gabhail gàirdean Catriona.

“Ceart ma tha, thalla,” thuirt Seumas. “Theirig air chall ann an stoirm, bris d’ amhaich, chan eil e gu diofar leamsa.”

“Bidh sinn ceart gu leòr. Tha fhios a’ m dè tha mi a” dèanamh,” thuirt Catriona.

Nan seasamh ri taobh an lioft, chunnaic Seumas,
Crìsdean is Sile Catriona is Cailean a' dol à sealladh air
cùl a' chiad chnuic.

“Carson a dh'fheumas Cailean a bhith mar siud?
‘Bòrdadh ceart’! Chan eil e fhèin cho math 's a tha e
a' cumail a-mach,” thuirt Seumas.

“Dh'haodadh iad cron a dhèanamh orra fhèin mura bi iad
faiceallach,” thuirt Crìsdean, “ach chan èist iad.”

“Trobhadaibh co-dhiù. Tha mise fhathast ag iarraidh rèile
bogha-frois fheuchainn anns a' phàirc,” thuirt Seumas.

Seo an samhradh mu dheireadh aca mus fhàgadh a
h-uile duine an sgoil agus an t-eilean air an cùl 's iad
a' falbh a lorg beatha ùr, agus shaoil Catriona gum biodh
e math turas sònraichte a ghabhail còmhla. A-mach às
a' bhuidhinn 's i daonnan a bha na ceannard, agus às
dèidh beagan deasbaid mu dheidhinn seachdain anns
a' ghrèin no seachdain anns an t-sneachd, fhuair i mar a
bha i ag iarraidh: “Faodaidh tu dhol dhan Spàinn uair sam
bith, ach cuin a gheibh thu cothrom a dhol a dh'Innis Tíle
a-rithist?”

Bha an turas gu bhith uabhasach daor, ach bha piuthar
Catriona ag obair aig companaidh turasachd, agus aig
deireadh geomhradh sàmhach, fhuair teaghlaichean is
caraidean an luchd-obrach an cothrom a dhol air saor-

làithean air leth na prìs.

Chaidh Catriona air bòrd-sneachda airson a' chiad uair nuair nach robh i ach seachd bliadhna a dh'aois agus riamh às dèidh sin, cha robh i airson càil eile a dhèanamh. Bha Cailean cuideachd coma ach a bhith a' falbh aig peilear a bheatha sìos beanntan air a' bhòrd-sneachda. Cha robh an triùir eile cho cinnteach mun turas, ach mus sealladh iad riutha fhèin bha iad air plèana a bha a' laighe ann an Reykjavik.

Mar a b' àirde a chaidh Catriona agus Cailean suas dha na beanntan, 's ann bu mhiosa a bha an t-sìde a' fàs. Chan fhaiceadh iad na slighean, gun luaidh air duine eile a dh'fhaodadh a bhith a-muigh orra. Bha a' ghaoth a' sèideadh mar gun robh i ag èigheachd riutha, agus bha i cho cruaidh 's gun robh an sèithear-togail a' tulgadh gu h-uabhasach bho thaobh gu taobh. Bha faireachdainn an-fhoiseil a' fàs am broilleach Chailein.

“S dòcha gum biomaid na b' fheàrr tilleadh nuair a ruigeas sinn am mullach air an lioft. Cha mhòr gum faic mi bàrr mo shròine leis na th' ann de shneachd.”

“Nach ist thu! Tha cuimhne agam air a h-uile càil a thuirt an duine anns a' bhàr. Nach eil earbsa agad annam?”

“Tha, ach, 's e dìreach...”

“Trobhad ma tha. Bidh sinn ceart gu leòr.”

Mus d' fhuair Cailean air am bàrd aige a chur tarsainn a' bhaga-droma, bha Catriona a' coiseachd suas an aghaidh reòthte.

“Fuirich, feumaidh sinn fuireach còmhla ma tha sinn a' dol suas.”

Bha e fàs na bu dorra faicinn leis a h-uile mionaid a bha a' dol seachad.

Às dèidh uair a thìde eile, cha mhòr gun deigheadh aig an triùir gu hìosal air gluasad air na bùird aca leis cho domhainn 's a bha an sneachd. Nuair a thuit Seumas air a bheul-fodha an còigeamh turas, thòisich an dithis eile a' gàireachdainn.

“Tha mise ag iarraidh falbh. Tha mo chasan sgìth 's tha mi a' tuiteam fad na tìde.”

“Uh huh,” thuirt Crìsdean. “Tha thu a' tuiteam air sgàth 's gu bheil thu sgìth.”

“Thalla 's tarraing! Feuch thusa an rèile sin ma tha thu cho tapaidh.”

“Gu sealladh ormsa,” thuirt Sile, “nach sguir sibh a dh'argamaid. Nach tèid sinn dhan bhàr airson gèam pool?

Tha i ro fhiadhaich airson a bhith shuas an seo.”

Air mullach na beinne bha an aimsir na bu mhiosa na càil a chunnaic Cailean riamh roimhe.

“Cha lèir dhomh càil, a Chatriona. Bu chòir dhuinn a dhol air ais sìos. Tha e ro chunnartach cumail a’ dol.”

“Chan eil sinn fada on bhothan. Tha mi cinnteach às. Direach pìos eile ’s bidh sinn ann.”

“Ciamar fon ghrèin a tha thu a’ dèanamh sin a-mach? Tha sinn air chall,” thuirt Cailean.

Cinnteach gun robh i faisg air a’ bhothan, chùm Catriona a’ dol, ach leis an ath cheum chaill i a grèim air an t-slige reòthte agus thuit i an comhair a cùil. Bhuaile i ann an Cailean, agus thuit an dithis aca còmhla mar bhalla-sneachda. Cha robh càil a dh’fhiös aig Cailean dè bh’ air tachairt, ach nuair a dh’èirich e gu chasan, gu slaodach agus gu piantail, chunnaic e gun robh e na aonar.

“Chatriona!” dh’èigh e. “Chatriona, cà’ bheil thu?” Ach cha d’ fhuair e freagairt.

Nuair a bhuaile e air dìreach dè bha air tachairt, thòisich na dealbhan uabhasach a’ ruith tro inntinn. Chùm e air ag èigheachd oirre, ach bha a’ ghaoth a’ falbh leis na faclan agus gam mùchadh anns na bleideagan sneachda. Thug e

am baga far a dhroma gus am faigheadh e chun a' bhùird. Bha e briste na dhà leth. Bha e air chrith leis an fhuachd agus cho aonaranach 's a bha duine riamh. Thòisich e a' gàl, na deòir a' reothadh air aodann leis an fhuachd.

Anns a' bhàr cha dèanadh an triùir eile a-mach a' bheinn tuilleadh. Shuidh iad ann an sàmhchair uabhasach.

“Tha fhios nach do dh'fheuch iad air a' bhothan,” thuirt Sìle mu dheireadh thall.

“Cuimhnich gur ann air Catriona a tha thu a' bruidhinn,” thuirt Crìsdean. “Bha i na h-èiginn airson bodach nan dealan-dè a lorg.”

Air sgàth 's gun robh e cho tràth, cha robh mòran dhaoine anns a' bhàr agus bha an còmhradh aca àrd san t-sàmhchair.

“Bha sibh a' bruidhinn air bodach nan dealan-dè?”
dh'fhaighnich an duine air cùl a' chunntair.

“Bha,” fhreagair Seumas. “Carson?”

“Caractar ann am beul-aithris a tha sin! Chan eil bothan aig mullach na beinne dha-riribh.”

“Ma-thà,” thuirt Sìle, “cò aig a tha fios dè dh'èirich dhaibh.”



“Ach chuala sinn mu dheidhinn a-raoir anns a’ bhàr,”
thuirt Seumas.

“S e Njord a bh’ air. Duine uabhasach glic a bh’ ann.
Bhiodh daoine le trioblaidean a’ dol thuige airson taic is
cuideachadh fhaighinn. Bheireadh e dealain-dè dhaibh,
feadhainn a dhèanadh e fhèin à fiadh. Bhiodh na dealain-
dè a’ dèanamh cobhair orra.”

“Chaidh innse dhuinn cà’ robh am bothan aige,” arsa
Crìsdean, agus beagan dòchais air fhàgail na ghuth.

“Uill, chan fhaca duine sam bith às an seo am bothan sin
riamh,” fhreagair an duine. “Tha mi an dòchas gum faigh
iad air ais gu sâbhailte.”

Air mullach na beinne bha Cailean fhathast a’ coiseachd
timcheall agus ag èigheachd. “Carson a dh’èist mi rithe?”
thuirt e ris fhèin. “Bha sinn glan às ar ciall feuchainn ris
am bothan seo a lorg air latha mar seo.”

Cha robh for aige dè cho fad ’s a bha e air a bhith
a’ coiseachd anns an sgàile ghlais nuair a chuala e guth.

“Chatriona, an tu tha siud? Chatriona?” Cha d’ fhuair e
freagairt. Shaoil e gun robh inntinn a’ cluich leis, ach às
dèidh mionaid, chuala e an guth a-rithist a’ tighinn
à badeigin shìos bhuaithe air a’ bheinn. Thòisich e
a’ gluasad cho luath ’s a b’ urrainn dha sìos ga ionnsaigh.

Mar a b' fhaide a chaidh e, 's ann b' fheàrr a chluinneadh e. 'S e ainm fhèin a bh' ann.

Mu dheireadh, chunnaic e Catriona a' nochdadadh a-mach às a' cheò. Bha i a' coiseachd gu math trom air aon chois.

"A Chatriona, dè tha ceàrr?"

"Thuit mi anns an t-sneachd, ach tha mi ceart gu leòr."

"Ò mo chreach 's a thàinig. Dè tha sinn a' dol a dhèanamh?"

"Na gabh dragh, lorg mi am bothan. Trobhad," thuirt i, agus rug i air làimh air.

Bha am bothan gu math beag bhon taobh a-muigh, ach nuair a dh'fhsogail iad an doras, bha rùm gu leòr ann. Bha bòrd beag le dà shèithear ri taobh na h-uinneig, ach a bharrachd air sin, cha robh àirneis eile ann. Cha robh càil ach teine fosgailte agus dealain-dè air feadh an làir.

"Tha an teine air," thuirt Cailean.

"Tha fhios a'm, ach ciamar as urrainn duine sam bith a bhith beò shuas an seo?"

Na sheasamh air beulaibh an teine, dh'fhairich Cailean

faochadh a' sgaoileadh troimhe.

“Tha na dealain-dè seo iongantach. Seall! Siud am fear air an robh an duine anns a' bhàr a-mach,” thuirt Catriona.

Bha i dìreach a' dol a thogail an dealain-dè, nuair a dh'fhosgail doras a' bhothain, 's a choisich bodach beag le feusag mhòr a-steach.

“Bha sinn a' lorg fasgadh,” thuirt Catriona. “Tha sinn air chall agus bhris na bùird-shneachda againn.”

Choisich am bodach a-null chun a' bhùird, ach cha tuirt e guth.

“Carson a tha thu a' fuireach shuas an seo a' dèanamh dhealan-dè?” dh'fhaighnich Cailean.

“Tha àite anns an t-saoghal dhan a h-uile duine far am bi e cofhurtail agus seo an t-àite agamsa,” fhreagair am bodach.

“Chan eil e cofhurtail an-diugh,” thuirt Cailean a' coimhead a-mach air an uinneig.

“Tha cofhurtachd ann an stoirm cuideachd, ma bheir thu ùine ga lorg.”

“Ach, dè mu dheidhinn nan dealan-dè?”

“Gheibh thu sin a-mach dhut fhèin. Co-dhiù, tha obair agam ri dhèanamh. Bu chòir dhuibh falbh.”

“Ris an aimsir seo? Chan fhaic sinn ar casan, gun luaidh air an t-slighe, agus chan eil bùird againn a-nis.”





“Tha feadhainn a-muigh air cùl a' bhothain. Faodaidh sibh an cleachdadadh 's na gabhaibh dragh.” Thug am bodach dhaibh dealan-dè. “Gheibh sibh sìos gu sàbhailte le sin, agus uair sam bith a bhios an dealan-dè còmhla ribh, gheibh sibh cofhurtachd, a dh'aindeoin na stoirme.”

Bha e faisg air ceithir uairean feasgar nuair a mhothaich Sile do rudeigin a bha a' nochdadadh air druim a' chnuic bhig mu choinneamh a' bhàir. Ruith iad uile a-mach 's chunnaic iad Catriona 's Cailean a' tighinn air bùird ùra.

“Càit on aon saoghal an robh sibh?” thuirt Seumas.

“Uill,” thuirt Catriona, a' togail an dealain-dè às a pòcaid.
“Cha chreid sibh seo...”

CAOL-THEÀRNADH



Maoilios Cairbeul

Caol-theàrnadh

le Maoilios Caimbeul

“**B**idh thu ceart gu leòr; cha robh ann ach aisling,” thuirt Ailig. Chuir e a làmh timcheall oirre ga cofhurtachadh.

“Chan e aisling a bh’ ann idir; tha mi cinnteach gum faca mi iad; tha mi cinnteach,” thuirt Sandra le crith na guth.

“Bidh thu ceart gu leòr.” Cia mheud uair a thuirt e siud rithe bho dh’fhàg iad an taigh?

Bha iad ann an taigh-òsta ann an Cadiz ann an Andalucia air mìos nam pòg. A’ ghrian a’ deàrrsadhbh, beatha shona air thoisearch orra. Cha robh ann ach aon rud suarach a thachair air an t-slighe a bha a’ cur smal air a’ chùis. A-rithist agus a-rithist bho thàinig iad dhan Spàinn, bha iad a’ dol thairis air mar a thachair.

Ma dh’fhaodte, smaoinich Ailig, nach robh dithis air an t-saoghal cho toilichte riutha air an latha ud anns an Ògmhios, an latha a phòs iad ann an Inbhir Nis. Agus carson nach bitheadh? An dithis aca 25, b’ aithne dhaibh a chèile bho bha iad ann an Àrd-sgoil an Òbain. Thòisich iad a’ dol a-mach le chèile nuair a bha iad còig deug. Nuair a dh’fhàg iad an sgoil, chaidh an dithis aca dhan oilthigh ann an Glaschu, esan a dhèanamh Cùrsa

Gníomhachais agus ise a dhèanamh Rianachd agus Fàilteachas.

A-nise, bha a ghníomhachas fhèin aigesan, companaidh reic thaighean, agus bha Sandra ag obair na manaidsear ann an taigh-òsta mòr ann an Inbhir Nis.

An latha ud, a' mhadainn às dèidh a' phòsaidh, dh'fhàg iad Inbhir Nis anns a' Mhercedes aca agus iad air an slige a Ghlacchu. Ann an Glaschu gheibheadh iad plèana gu Andalucia anns an Spàinn.

“Smaoinich,” thuirt i le gàire, a’ toirt crathadh dha a falt fada, dualach, ruadh, “cola-deug leinn fhìn air falbh bho ar n-obair.”

“Nar laighe anns a’ ghrèin,” thuirt e le gàire aotrom.

Cho fortanach 's a bha e, smaoinich e, boireannach mar Sandra a phòsadhbh agus gaol aca air a chèile bho bha iad glè òg. Cha b' urrainn dha gun sùil a thoirt oirre bho àm gu àm, i cho brèagha agus cho toilichte a' coimhead.

Bha iad air an rathad fada a ghabhail à Inbhir Nis a Ghlacchu, dhan Ghearsdan an toiseach agus an uair sin dhan Òban, oir bha iad ag iarraidh tadhail air a' bhaile far an deach iad dhan sgoil còmhla. A-nis, bha iad air a' Chròn-Làraich fhàgail air an cùlaibh agus a' dèanamh air Glaschu agus am port-adhair.

“Ò crois,” ars Ailig gu h-obann.

Choimhead i air gu h-iomagaineach. “Dè tha ceàrr, a luaidh?”

“Chan eil fhios a’ m. Tha an càr a’ call a chumhachd. Tha e a’ dol a stad.”

Bha aige ris an càr a stiùireadh gu fàl an rathaid, far an robh àite-stad. Cha robh e a’ tuigsinn dè bha ceàrr. ’S e càr an ìre mhath ùr a bh’ ann; bha dìreach bliadhna bho fhuair e e. Agus b’ e Mercedes a bh’ ann. Cha robh càil a dhùil aige gum briseadh e orra.

Sheall iad ri chèile agus an uair sin air an uair. Bha e gu bhith ceithir uairean, agus am plèana a’ fàgail aig a h-ochd. Cha b’ fhuilear dhaibh na bh’ ann de thìde. Dh’fheuch e an càr a chur gu dol uair no dhà, ach cha tigeadh srad às.

“Ò, nach eil sin fhèin garbh,” thuirt e le frionas. “’S math gu bheil mi san AA.”

Thug e a-mach cairt an AA às a spòran agus dh’fheuch e an àireamh aca air an fhòn-làimhe aige. Ach cha robh am fòn aige ag obair.

Dh’fheuch Sandra am fear aicese. “Chan eil seo ag obair nas mò; chan eil càil ann,” ghlaodh i gu leamh.

Shuidh iad airson mionaid nan èiginn, a' smaoineachadh air dè b' urrainn dhaibh a dhèanamh. Chailleadh iad am plèana agus bhiodh an clàr-ama air fad aca a' dol ceàrr. Bha iad ann am meadhan fàsaich 's cha robh dòigh aca air cuideachadh fhaighinn. B' e Sandra a thug an aire dhan togalach a bha leth-fhalaichte leis na craobhan-beithe.

“Seall,” dh’èigh i, “an t-àite a tha sin, nach leigeadh iad leinn am fòn aca a chleachdadadh.”

“Sin thu, a ghaoil, shàbhail thu ar beatha a-rithist. Cha bhi mi fada,” agus a’ toirt pòg luath dhi air a gruaidh, ghabh e a-mach às a’ chàr agus a-null chun an togalaich.

’S e ionad àrd, brèagha de ghlainne a bh’ ann, le co-dhiù ceithir làir, agus tron ghlainne chitheadh e staidhre iarainn a’ dol suas chun an ath làir. Cha robh ainm air an togalach idir.

Dh’fhosgail na dorsan glainne dha leotha fhèin. Ghabh e a-steach. Cha robh deasg no duine air an lär ìosal ach bha saighead a’ comharrachadh slighe suas na steapaichean, agus lean e an t-saighead. Nuair a fhuair e gu mullach na staidhre, b’ e a’ chiad smaoin a thàinig thuige teicheadh. Ach bha a chasan air an lùths a chall. Chaidh gaoir tro fheòil.

Air a bheulaibh agus nan seasamh fo sgàilean mòr,

faileasach bha seachd no ochd de chreutairean nach buineadh dhan t-saoghal seo idir. Mu ochd troighean a dh'àirde, bha dusan cas orra agus na cinn aca mar chinn chon le sùilean mòra, uaine, deàrrsach. Dh'fheuch e ri tionndadh airson ruith, ach cha b' urrainn dha. Thàinig dithis dhe na creutairean da ionnsaigh ...

Bha Sandra na suidhe sa chàr a' feitheamh. Bha co-dhìu deich mionaidean bho chaidh e a-steach dhan togalach ghlainne a chitheadh i tro na craobhan. Cha robh e coltach ri Ailig idir a bhith a' cur dàil ann an dad a bha e ris. Cha toireadh e cho fada sin air fòn a chur chun an AA.

Mu dheireadh chaill i a foighidinn agus rinn i air an togalach. Mar a bha i a' coiseachd a-null thuige, bha i a' toirt sùil gheur air. Mar bu dlùithe a bha i a' coimhead air, agus mar a bha i a' tighinn suas thuige, thàinig sgleò tarsaing air a h-aodann. Bha rudeigin ann nach robh ceart, nach robh a' dèanamh ciall.

Anns a' chiad àite thug i an aire nach robh cabhsair timcheall an togalaich idir. Agus cha robh staran a' treòrachadh chun an dorais, direach feur àbhaisteach, glas. Cuideachd cha b' ann ceàrnagach a bha e ach le cumadh a bha rudeigin cruinn. 'S e 'uinneagan' àrda a bh' ann le srianagan dearga eatarra. Stad i mus do ràinig i an doras. Bha i mu shia troighean air falbh bhuaithe. Thuit guth na h-inntinn rithe stad. Bha i an sin airson greis a' coimhead, i làn dragh. Dè b' urrainn dhi a

dhèanamh?

Beag air bheag, ceum air cheum, thàinig i na b' fhaisge air an doras. Nuair a bha i dìreach troigh air falbh, dh'fhosgail e leis fhèin. Dh'fhuirich i far an robh i, rinn i cupa le a làmhan air a beul, agus ghlaodh i aig àrd a cinn,"Ailig, Ailig, a bheil thu an sin?"

Cha tòinig fuaim sam bith air ais, ach chunnaic i na casan aig mullach na staidhre. Casan caola, grànda, uaine. Tòrr dhiubh. Chunnaic i an uair sin an ceann agus na sùilean. Cha do dh'fan i ris a' chòrr. Thionndaidh i agus ruith i aig peilear a beatha air ais chun an rathaid. Bha a falt fada ruadh a' sruthadh air a cùlaibh agus a cridhe a' bragail na broilleach. Dh'fheumadh i cuideachadh fhaighinn. Dh'fheumadh i càr a stad.

Rug dithis dhe na creatairean, fear air gabh taobh dheth, air gàirdeanan Ailig. Bha an craiceann uaine agus na gàirdeanan aca mar ròpannan le trì corragan. Cha robh aodach idir orra. Agus ma bha beul aca, cha robh iad ag ràdh dùrd. Tharraing iad e sìos trannsa agus lean na còig creatairean eile air an cùlaibh. Thàinig iad gu doras gorm le solais ioma-dhathach a' priobadaich timcheall air. Dh'fhosgail an doras leis fhèin agus dhragh iad a-steach e. Beag air bheag bha e a' call a dhòchais gum faiceadh e Sandra gu bràth tuilleadh. Bha e na phriosanach aig creatairean à saoghal eile. Dè bha iad a' dol a dhèanamh air?

Ann am meadhan an làir bha creutair mòr, neònach, cruinn. Bha e mar ochd-chasach ach gun robh dusan cas air, mas e casan a bh' annta. Bha iad fada, caol, uaine agus air bàrr gach tè bha trì òrdagan, no am b' e corragan a bh' annta? Bha ochd sùilean mòra, uaine a' deàrrsadh air a' mhullach, a' fàs soilleir agus an uair sin dorcha. Mu choinneamh bha sgàilean mòr air an robh mapa de rionnagan. Cha robh Ailig uabhasach eòlach air na rionnagan ach dhèanadh e a-mach na Pleiades. Bha e a' faireachdainn tinn. Dè bha iad a' dol a dhèanamh ris?

Thòisich mar gum biodh guth a' bruidhinn ris na cheann. Cha robh e a' cluinntinn càil le a chluasan ach bha an guth mar gum biodh e na inntinn.

"Tha thu an seo airson adhbhar," thuirt an guth. Cha robh e coltach ri guth a chuala e riamh. Bha e fuar agus mar ghuth a thigeadh à inneal. "Bidh sinn ga do thoirt air ais chun an t-saoghail againne, ma bhios tu freagarrach."

"... ma bhios tu freagarrach." Chuir na facail sin gaoir tro fheòil. Freagarrach airson dè?

"Cuir air an uirigh e," dh'òrdaich an guth.

Tharraing dithis dhe na creatairean e a-null gu seòrsa de leabaidh chòmhnhard. Chuir iad na laighe an sin e agus chuir iad clogad air a cheann. Dh'fhàs a h-uile càil dorcha agus chaill e a mhothachadh.

Nuair a dhùisg e, bha mar gum biodh òrd a' bualadh na cheann agus a cheann uabhasach goirt. Bha na creatairean leis an dusan cas agus na sùilean mòra, uaine nan seasamh mun cuairt air. Bha iad a' coimhead ris an uilebheist leis na h-ochd sùilean uaine, mar gum biodh iad a' feitheamh airson òrdugh.

Thàinig an guth thuige na cheann a-rithist, "Leigibh às e. Chan eil feum sam bith ann. Tha gaol mòr aig an duine seo air boireannach, boireannach le falt ruadh. 'S e gaol ceart, urramach a th' ann. Chan urrainn dhuinn buaidh a thoirt air gaol mar seo. Thoiribh air falbh e. Cha bhi cuimhne aige air sòn a thachair dha."

Rug dithis de na creatairean àrda air agus threòraich iad a-mach e. An ath rud a bha cuimhne aige air 's e bhith faicinn Sandra pìos bhuaithe shìos ri taobh an rathaid. Bha i mar gum biodh rudeigin ceàrr. Chuimhnich e an uair sin gun robh iad air mìos nam pòg agus gun robh an càr aige air briseadh. Ruith e sìos thuice.

Bha i ann an droch staid. Bha càraig, a bha nam meadhan aois, air stad ga cuideachadh agus, eadar an èigheach agus na deòir, bha i a' feuchainn ri innse dhaibh dè thachair. Choimhead iad oirre le iongnadh agus amharas mar gun robh i às a ciall.

"Dè tha sibh a' dèanamh air a' bhean agam," ghlaodh Ailig gu fiadhaich.

Thuit am bilean agus iad làn tàmailt.

“Chan eil sinn a’ dèanamh càil air a’ bhean agad. Bha i ’g iarraidh cuideachadh agus stad sinn,” thuirt am fireannach a bha a’ bruidhinn le blas Ghlaschu.

Thilg Sandra a gàirdeanan timcheall Ailig. “Ò, a ghaoil,” thuirt i ann an guth briste. “Dè rinn na creatairean uaine a bha siud ort?”

‘Creatairean?’ Cha robh e cinnteach dè bha i a’ ciallachadh. Chuimhnich e gun robh an càr aca air briseadh agus gun deach e a lorg cuideachadh. Ach ‘creatairean’, cò air a bha i a-mach?

“Nise, nise, ghaoil, bidh thu ceart gu leòr. Cha robh creataireanan sam bith faisg orm.”

Chrath a’ chàraid à Glaschu an cinn agus għluais iad air falbh air an socair, a’ dèanamh air a’ charbad aca, ach a’ cumail sùil fhaiceallach air an cùlaibh.

Bha Sandra a’ gal. “Ò, Ailig, tha mi cho toilichte ... gun d’ fhuair thu às gu sàbhailte.”

Cha robh e a’ tuigsinn cò air a bha i a-mach, ach threòraich e chun a’ chàir i. “Suidh sìos, a ghaoil,” thuirt e cho caomh, socair ’s a b’ urrainn dha, “agus inns dhomh dè tha ceàrr.”

Bha eagal na h-aodann. “Thall an sin, soitheach ... nan creutairean coimheach.”

Choimhead e tro na craobhan far an robh i a' smèideadh. Cha robh e a' faicinn dad. “Bha thu ag aisling, a ghaoil, chan eil càil an sin.”

“Bha e ann,” thuirt i na h-èiginn. “Bha e ann.”

Chunnaic e gun robh eagal mòr oirre, ged nach robh e a' tuigsinn carson, agus gun robh i ag iarraidh falbh.

Dh'fheuch e an t-einnsean. Thàinig e beò gun dragh sam bith.

“Feumaidh gur e na sìthichean a bh' ann,” thuirt e le




gàire. Dhràibh e air falbh bhon àite far an robh iad air stad. Bha a cheann goirt. Ach chuimhnich e an uair sin gun robh iad dìreach air pòsadh agus gun robh e air mìos nam pòg còmhla ri gaol a' chridhe. Bu chòir dha sin goirteas sam bith a ruagadh air falbh.


Bha ise ri thaobh agus grèim bàis aice air agus iad a' drâibheadh chun a' phuirt-adhair.

Chuir e làmh choibhneil air a gàirdean. “Bidh thu ceart gu leòr, a ghaoil,” thuirt e a-rithist agus a-rithist. “Bidh thu ceart gu leòr, cha robh ann ach aisling.”

Bòrd do YOF Dheichnear



CO CAIGH



Dòmhnaill Iain MacIomhair

Bòrd do Dheichnear

le Dòmhnaill Iain MacIomhair

Nuair a chaidh Murchadh agus Iseabail air bòrd, chan aithnicheadh iad duine beò a bha air a' bhàta. Bàta mòr, eireachdail agus i dusan deic a dh'airde. B' fhada bho chuir iad romhpa gun deigheadh iad air càrsa-mara, ach bha na prìsean cho daor. Co-dhiù, chunnaic iad sanas mòr san Daily Mail aon Dhisathairne, a bha a' tairgsinn chùrsaichean-mara air prìs nach robh gu tur seach an rathad. Chunnt iad gach sgillinn a bha aca, agus chuimhnich iad gun robh Murchadh air airgead-urrais fhaighinn bho chionn bliadhna no dhà, mar thoradh air poileasaidh a thug Iseabail a-mach air a bheatha trithead bliadhna roimhe sin. Cha robh am poileasaidh na mheadhan air airgead a bha uabhasach mòr, ach bha gu leòr ann airson cobhair a dhèanamh ann an àm na h-èiginn, nam b' e agus gun tigeadh an èiginn orra.

Bha an teaghlach a-nise air fàs suas agus bha iad an ceann an cosnaidh. Thuirt Iseabail gun robh feum aca air càrsa-mara, gun robh feum aca air ùrachadh. B' atharrachadh ùrachadh. Thuirt Murchadh nach robh dol-às aige ach gèilleadh do a miann, oir b' ise a thug a-mach am poileasaidh agus a phàigh air a shon rè nam bliadhnaichean.

Agus bha iad a-nise air bòrd, an dèidh siubhal gun chiall

a dhèanamh mus do ràinig iad an cidhe far an robh am bâta air bhog. Chaidh iad air chall uair no dhà bho chuir iad cùl ri bealach a' bhàta. Bha seòmar air leth snasail aca air bòrd – leabaidh is cathraichean, preasan-aodaich is seòmar-ionnlaid a bha uabhasach spaideil, le siabann annasach, cùbhraidh air an robh dath uaine.

Ainm a' bhàta? – b' e an *Global Princess* a bha oirre. Bha fios aca mus deach iad air bòrd gum faigheadh iad biadh uair sam bith a thogradh iad, ach rùnaich iad gun deigheadh iad co-dhiù a' chiad fheasgar don t-seòmar-bìdh a bu spaideile a bha air bòrd. Lorg iad e mu dheireadh. Bha e sgeadaichte le solais agus le dealbhan. Agus chan fhaca iad uiread de sgeinean agus de fhocraichean agus de spàinean nam beatha. Glainnechan is eile. Nach bu mhath a rinn Iseabail bho chionn trithead bliadhna!

Bha aca ri suidhe aig Bòrd 224. B' iad a' chiad fheadhainn a ràinig am bòrd. Ann an ùine ghoirid, ràinig càch. Ochdnar eile. Bòrd do dheichnear.

Dh'innс Iseabail gum b' ise Iseabail. Dh'innс Murchadh gum b' esan Murchadh. Agus càch: Peregrine agus Elizabeth. Mairead agus Daibhidh. Bartholemew (Bart) agus Georgina. Bill agus Jill.

Bhiodh gille-frithealaidh a' frithealadh a' bhùird fad na seachdain. Marcas. Àisianach, a bha air leth gasta agus cuideachail. Modhail, cuideachd. Bheireadh e am biadh

thuca, agus fion is uisge ma bha iad ga iarraidh. Ged a bha am biadh pàighe ro-làimh, dh'fheumadh iad am fion, agus eadhon an t-uisge, a cheannach.

Thòisich na bha aig a' bhòrd a' bruidhinn ri chèile, ag innse do chàch a chèile cò às a bha iad agus dè na dreuchdan san robh iad airson cosnadh. B' e seo a' chiad chùrsa-mara aig Murchadh agus aig Iseabail. Bha Murchadh air a dhreuchd a leigeil seachad, an dèidh faisg air ceathrad bliadhna a chur seachad ag obair aig BT. Bha Iseabail air a bhith na nurs ann an ospadal mòr, ach bha ise air sgur a dh'obair mar an ceudna. Bha iad a' faireachdainn gun robh thìde aca an casan a gharadh ris an teine airson greiseag, ged bha iad fada bho bhith diomhain, a' sgioblachadh timcheall an taighe is eile, rudan air nach d' fhuair iad cothrom bho chionn fhada.

Ach bha Bart agus Georgina fhathast ag obair, esan san t-Seirbheis Chatharra ann an Lunnaidh, ceangailte ri Taigh nan Cumantan. B' e neach-cunntaidh ann am banca a bh' ann an Georgina. Cha robh Elizabeth ag obair idir. B' e fear-gnothaich a bh' ann am Peregrine, aig an robh sreach de bhùthan, a bhiodh a' reic aodach bhoireannach. Thug Bill a-mach dreuchd dotaireachd bho chionn còrr air còig bliadhna fichead, agus bha a raon-dèiligidh fhèin aige, agus bha dotair eile ag obair còmhla ris a-nise. Bha Jill na tidsear ann an sgoil mhòr – bha i a' teagasg eachdraidh. Sguir Daibhidh a dh'obair bho chionn trì mìosan. B' e post a bha ann. Bha Mairead ag obair ann

am bùth leabhaircian.

Nuair rinn iad iomlaid air an eachdraidh seo, thàinig Marcas chun a' bhùird, agus dh'òrdaich iad uile biadh. Abair biadh! Còig cùrsaichean. Agus bha an còmhradh ('s na ceistean!) agus an t-ithe 's an t-òl a' dol air adhart fad dà uair a thìde is còrr.

Thuirt Iseabail gun robh farmad aice ri Elizabeth seach gun robh bùthan le aodach bhoireannach aig Peregrine. Nuair bha ise na nurs, cha robh a tuarastal a' ruighinn air dreasaichean no air brògan eireachdail. Dh'fheumadh e bhith gun robh cothrom gu leòr aig Elizabeth air a leithid. Ach, is dòcha le dibhairsain, no bha amharas aig Iseabail nach b' ann, gun robh Peregrine a' nochdad mar dhuine spìocach. Chuir e an cuimhne Elizabeth nach robh càil a-riamh a dhìth oirre bho phòs iad, agus mhallaich e i le a shùilean.

Chaidh a ràdh ri Jill gur iongantach mur e obair inntinneach a bha aice mar neach a bha a' teagastg eachdraidh. Dh'aontaich Jill ris a' bheachd, mura biodh na sgoilearan crosta a bha anns na clasaichean aice. Agus dh'fhoillsich i, nam b' urrainn dhi a dhol air ais ann an tìm, gun lùigeadh i bhith beò rè Linn nan Ròmanach. Daoine innleachdach. Daoine foghainteach. Daoine sgaireil. Ach s' iongantach gun robh soithicheadh a leithid *Global Princess* air bhog anns na làithean ud.

Dh'innс Bill mu dhaoine annasach a bhiodh a' tighinn thuige le eucalean. Bhruidhinn e mu aon dhuine a thàinig thuige, a' gearan gun robh pian na chois. Rinn Bill rannsachadh agus sgrùdadadh, ach cha lorgadh e cail seach an rathad ann an cas an euslaintich. Thuirт e ris an duine nach robh ann ach an aois. Ach cheasnaich an duine e, a' faighneachd carson nach robh pian sa chois eile, oir bha i aige a cheart cho fada ris an tè san robh am pian!

Duine crosta a bh' anns a' phost. Bhiodh e a' leughadh nan cairtean a bhiodh daoine a' cur gu chèile nuair a bha iad air falbh air saor-làithean. Dh'innс Daibhidh mu rudan a bhiodh daoine ag ràdh ri chèile. Bha Somhairle a' dol a chur sradagan fo chasan Anna, oir mheall i e. Fhuair e airgead mòr bhon chrannchur, ach cha tug e sgillinn dhi. Thuirт Barabal ri Seumas gun robh gaol aice air, agus i an dòchas nach fhaiceadh bean Sheumais a' chait. Duine crost!

Mairead, a-nise. Thug i bliadhnaichean ag obair ann am bùth leabhraichean. Bha *Mills and Boon* uabhasach mòr-chòrdte – cailleachan a' sireadh òige. Agus chuimhnich i air aon chàraig a thàinig a-steach don bhùth, agus dh'fhaighnich iad an robh leabhar aca mu òraidean. Bha esan – Wolfgang Dòmhnullach a b' ainm dha – a' dol a dhèanamh òraig aig banais a mhic. Stiùir Mairead iad gu na sgeilpean iomchaidh, agus thagh iad leabhar air an robh *Wedding Bloomers*. Cha do chuir Mairead crìoch air an sgeulachd!

Bart. Dh'innse mar a bhiodh esan 's a leithid a' riaghlaodh ciod a bha an riaghaltas a' cur an gnìomh. Bha cumhachd mhòr aig Bart. Sin a bha e ag ràdh co-dhiù. Air a' bhàta bha e daonna air èideadh ann an aodach foirmeil, seacaid, briogais fhada, lèine is taidh, mar gun robh e fhathast aig obair. Is dòcha gun robh a chasan ro chaol airson nochdadhe ann am briogais ghoirid! Dh'innse mun Phrìomh Mhainistear agus mun chaibineit, agus mar a bhiodh iad ag argamaid. Bha farmad aig gach neach ris a' Phrìomh Mhainistear, oir bhiodh esan a' dol chun na Lùchaint gach seachdain. Seoba math, agus sin ann an *Jaguar* cuideachd. Bha Bart ag iarraidh gum biodh luchd a' bhùird ga mheas cudromach. Ach cha do dh'òrdaich e aon ghlainne fion. Dh'fhaodadh nach robh an tuarastal buileach cho math! No is dòcha gun robh e a' gabhail ris a' mholadh gum feumte na criosan a theannachadh. Ma bha, ciod a bha ga fhàgail air an t-soithich seo, ann am meadhan cuan gun chìoch?



Aon fheasgar, agus am biadh nam broinn, thòisich an ceòl. “Ò, thèid mi fhìn le mo ghaol air a' chùrsa, 's ge bith dè thachras is sinne nach bi tìrsach, dannsaidh gu madainn sinn le sgailc a bhios lùthmhòr, is fhathast anns a' mhadainn bidh sinn uile air bòrd.”

Thuirt Iseabail ri Murchadh gun do dh'ionnsaich an seinneadair ud Gàidhlig air an son-san a-mhàin. Agus thuirt Murchadh ri Iseabail nach robh innte ach òinseach, nach robh e a' cluiche ach teip, agus gur ann a bha e a' mìmeadh nam briathran. Ach thuirt Iseabail gun robh foillsicheadan a' dèanamh feum, le bhith a' cur a-mach theipichean an cois leabhraichean. Airson Bart is Peregrine is Georgina, cha chuala iad òran Gàidhlig a-riamh; bha cuid dhiubh aig nach robh fiù 's fios gun robh Gàidhlig idir ann.

Mhair an ceòl mu chairteal na h-uarach, agus bha e follaiseach gun robh Marcas agus an luchd-frithealaidh eile a' fàs beagan an-fhoiseil. Dh'fheumadh iad na bùird a sgioblachadh fa chomhair bracaist làrna-mhàireach. Cha bhiodh e furasta àite ullachadh do chòrr air dà mhìle neach ro mhadainn.

Suas gu seo, cha robh Georgina air mòran a ràdh, ach gun do dh'òrdaich i a biadh. Nuair a bha i air ithe, thòisich i ag innse mun obair a bha aice. Bha rudan èibhinn a' tachairt anns a' bhanca. Aon làtha thàinig boireannach a-steach agus i ag iarraidh airgead a thoirt a-mach. Dh'fhaighnich

Georgina don bhoireannach an robh rudeigin aice a dhearbhadh gur i a bh' ann mus tugadh Georgina dhi an t-airgead. Thòisich am boireannach a' rùrach na baga, agus mu dheireadh thug i sgàthan beag a-mach às a' bhaga. Sheall i ri a h-aodann san sgàthan, agus thuirt i ri Georgina gu dearbha gum b' i a bh' ann. Thuirt i gun aithnicheadh i a h-aodann fhèin an àite sam bith! Cha do dh'inns Georgina an tug i dhi an t-airgead a bha i a' sìreadh, seadh gus an do dh'fhaighnich Daibhidh dhi. Tha e coltach nach do dh'fhalbh am boireannach às a' bhanca le sporan falamh!

Bha e a-nise a' fàs dorch agus bha a' ghaoth ag èirigh. Cha b' e gun robh i na gèile no eadhon coltach ri gèile, ged chluinnist sluaisreadh nan tonn a' bualadh a' bhàta. Cha robh Elizabeth toilichte leis a' ghluasad seo, agus dh'fhoillsich i gun robh eagal oirre mu chur-na-mara. Dh'fheuch Iseabail ri a ciùineachadh le bhith ag ràdh gun robh e follaiseach nach robh i air a' Chuan Sgìth a-riamh. Agus co-dhiù, smaoinich Mairead, ma bha uiread de eagal oirre, carson fon ghrèin a smaoinich i a dhol air cùrsa-mara. Agus chuir Peregrine na cuimhne gun robh dotair agus tè a b' àbhaist a bhith na nurs aig a' bhòrd, agus gur iongantach mura smaoinicheadh iad air leigheas air choreigin, nan cuireadh a' mhuir air neach sam bith a bha an làthair. Rinn sin beagan feum do Elizabeth. Ach a dh'aindeoin nam briathran, bha a stamag a' tulgadh coltach ris a' bhàta. Sia làithean eile agus bhiodh i tioram air tìr.

A-nise, bhiodh an t-soitheach a' tadhail air eileanan air an turas. A' mhadainn mus robh an cùrsa-mara a' criochnachadh, chaidh Murchadh is Iseabail, Bart is Georgina, Peregrine is Elizabeth, Bill is Jill agus Daibhidh is Mairead air tìr air Eilean Chòcaigh. Chaidh, agus iomadh neach eile a bha air a' chùrsa-mara. Chunnaic iad eachdraidh, a bha beò fhathast nan saoghal fhèin. Clachan is clachan. Ach cha do thill neach den deichnear gu bhith air bòrd idir. Dh'fhuirich am bàta dà uair a thìde riutha, ach mu dheireadh b' fheudar dhi falbh às an aonais, oir bha cùrsa-mara eile gu bhith a' tòiseachadh ann am beagan làithean.

Chan fhacas iad agus cha chualas bhuapa bhon uair sin. Bha feedhainn a' smaoineachadh gun deach iad air chall no gu bheil iad fhathast nan suidhe cruinn mu bhòrd ann am fàsach air choreigin, fada bho thìr an eòlais, fada bho thìr nam beò, ag innse chriomagan de eachdraidh am beatha do chàch a chèile, agus Elizabeth a' seinn no a' mìmeadh briathran an òrain:

Is truagh nach do dh'fhuirich mi tioram air tìr,

An fhìrinn a th' agam nach maraiche mì,

Is truagh nach do dh'fhuirich mi tioram air tìr -

Rim mhaireann cha till mis' a sheòladh.

An Doras



CALUM MacFhionghain

An Doras

le Calum MacFhionghain

Trannsa fhada dhorcha le doras às dèidh doras air gach taobh, a h-uile fear aca dùinte. Ruith i a-steach dhan trannsa agus dh'fheuch i ri doras fosgladh ach bha e glaiste. Ruith i chun an ath dhorais agus dh'fheuch i am fear sin cuideachd, glaiste, agus an ath fhear an aon rud, glaiste. Chùm i oirre a' feuchainn a h-uile doras ach bha iad uile glaiste, doras às dèidh doras dùinte, gun dòigh air am fosgladh. An uair sin chunnaic i e, doras geal, shìos aig ceann eile na trannsa. Ruith i cho luath 's a b' urrainn dhi chun an dorais agus ghreimich i air an làimh agus għluais e! Dh'fosgail i e agus thuit i an comhair a cinn dhan dorchadas.

Dhùisg Emma agus thug i sùil air a' chloc, ach bha fhios aice dè an uair a bha e gun choimhead co-dhiù, an aon uair 's a bha e a h-uile turas a bha am bruadar ud aice – leth-uair an dèidh trì. Dhùisg i aon turas agus bha an cloc ag ràdh cairteal às dèidh a dhà ach 's ann a bha an cloc air stad. Cha robh cuimhne aice cuin a thòisich am bruadar; bha an aon bhruadar air a bhith aice airson co-dhiù seachd bliadhna agus bha i nise aona bliadhna deug.

Dhùin i a sùilean a-rithist agus dh'fheuch i ri cadal. 'S dòcha gun deigheadh aice air fear dhe na dorsan

fhosgladh an turas seo.

“An do dh’ith thu sìon?”

“Uh?” ars Emma agus i a’ coimhead air a’ fòn aice feuch an robh teachdaireachd às ùr air tighinn.

“Air do bhracaist?” ars a màthair agus i a’ cur slis no dhà dhan tostair.

“Ghabh mi sùgh orainseir.”

“Sùgh orainseir, uill chan eil mòran an sin... Gabh gràn no pìos tost – cha bhi e fada.”

“Chan eil an t-acras orm ann...”

“Uill tha thu fortanach ma tha...”

Bha fhios aig Emma dè bha tighinn... ‘Clann ann an Afraga...’

“Tha clann ann an Afraga agus bhiodh iadsan taingeil airson *rice crisps*...”

’S bochd nach robh piuthar no bràthair agam, smaoinich Emma, agus an àite mise a bhith ga fhaighinn a h-uile madainn, dh’fheumadh iadsan èisteachd rithe a’ cur às a corp mu dheidhinn biadh ’s mar a bha e nuair a bha ise

a' fàs suas gun bhiadh dòigheil aca.

“Cha robh taghadh againne a' fàs suas, gabh no guait e. Brochan, 's e sin a bha againn. An gabh thu brochan? Cha toir e dà mhionaid sa mhicrowave.”

“Gabhaidh mi tost,” ars Emma direach airson a màthair a thoileachadh.

“Cuiridh mi air tuilleadh,” arsa a màthair.

“Chan eil mi ag iarraidh ach aon shlis...”

Ach cha robh a màthair ag èisteachd agus chuir i dà shlis eile air.

“Marmalaid, an gabh thu marmalaid?”

Marmalaid! Cuin idir a chunnaic thu nighean aona bliadhna deug a' gabhail marmalaid? dh'èigh guth na ceann, ach cha tuirt Emma càil.

“A Mham, am faigh mi airgead airson a' fòn agam?”

“A-rithist? Nach do rinn mi *top up* air an t-seachdain sa chaidh?”

“Tha mìos ann, a Mham.”

Cha tuirt a màthair guth agus chùm i oirre a' cur ìm air an tost.

"An tuirt thu gun robh thu ag iarraidh marmalaid?" thuirt màthair Emma agus i aig a' frids.

Cha chuala Emma a' cheist oir bha i letheach sìos an rathad chun a' bhus.

Shuidh Emma air bus na sgoile agus a h-inntinn a' ruith. Carson a bha cho beag sùim aig a màthair anns na bha a' dol aice na beatha? Bha triùir anns an teaghlaich Joanna, agus bha a màthair-se a' dèanamh a' ghnothaich air fios a bhith aice air dè bha a' dol aig a h-uile duine acasan eadar clasaichean dannsa, snàmh, spòrs agus clasaichean ciùil.

'S dòcha gur e nach robh ann ach i fhèin – bha amannan ann agus chòrdadh e rithe piuthar no bràthair a bhith aice – bha greiseag an siud agus bha i a' faireachdainn gun robh caraid aice, caraid nach fhaiceadh no nach cluinneadh duine eile ach i fhèin, ach 's e an rud a bha cho neònach, cha mhòr nach robh i a' faireachdainn cuideigin còmhla rithe nuair a bha i feumach air gaol no ag iarraidh cuideigin faisg oirre, mar gum biodh cuideigin a' coimhead às a dèidh – ach cha ghabhadh sin a bhith oir cha robh ann ach i fhèin agus a màthair. Cha robh athair aice; bha, ach cha robh a-nise. Dh'fhalbh e aon oidhche agus cha robh dad a dhùil gun tilleadh e. Eil fhios



cò ris a bhiodh e coltach athair a bhith agad? Cò ris a bhiodh e coltach teaghlach a bhith agad?

Ping Pong. Teachdaireachd air a' fòn-làimhe aice.

Sleepover? r u ok 4 this wknd?

Ciamar a bha i a' dol a fhreagairt seo? Cha robh i air guth a thoirt air ri màthair (bha i a' feitheamh airson àm freagarrach). Cha robh airgead aice sa fòn airson freagairt a chur air falbh co-dhiù agus 's e an 15mh a bh' ann air an deireadh-sheachdain agus 's e sin a co-là-breith. An co-là-breith aice agus bhiodh i dusan, ach 's e rud nach do rinn a màthair dad riamh mu dheidhinn co-là-breith sam bith a bh' aice. Mar as trice, nuair a bhiodh e a' tighinn faisg air an latha, bhiodh a màthair caran fad às agus gun i ag ràdh mòran ma bha facial idir aice. Cha robh dad a dhùil aig Emma gum biodh an co-là-breith seo eadar-dhealaichte. Carson a bhithheadh?

Bha Emma ann an saoghal eile a' coiseachd dhachaigh a' smaoineachadh air cò ris a bhiodh e coltach teaghlach slàn le athair agus peathraichean agus bràithrean a bhith aice, agus mar sin bha i cha mhòr aig an taigh mus tug i an aire gun robh an càr buidhe na shuidhe air taobh a-muigh an taighe. 'S e seo càr a seanmhar, càr le dath banana! Carson idir a cheannaich a seanmhair càr leis an dath ud? Ach ge-tà, bha a seanmhair beagan ... craicte, no co-dhiù neo-àbhaisteach. Bha i laghach agus bha e

a' còrdadh ri Emma nuair a bhiodh i a' tadhail.

“Tha an t-àm agad innse dhi...”

“Cha dearg mi, a mhàthair. Dè am feum a dhèanadh e co-dhiù?”

“Nì e feum dhut fhèin, a ghràidh...”

Stad seanmhair agus màthair Emma de bhruidhinn nuair a chuala iad i a' tighinn a-steach. Cha tuirt Emma guth mu dheidhinn na chuala i, ach thug i pòg dha seanmhair a phaisg i na gàirdeanan.

“Hallò, a ghràidh, nach tusa a tha a' fàs mòr!”

Dh'èirich a màthair agus chaidh i dhan taigh-bheag gun ghuth a ràdh.

“Bheil Mam ok?” dh'fhaighnich Emma.

“Tha, a ghràidh, chaidh dìreach rudeigin na sùil. Na gabh thusa dragh; bidh i ceart gu leòr an ceartuair. Agus a bheil thu a' coimhead air adhart ris a' cho-là-breith agad Disathairne?”

Cha tuirt Emma guth ach chrath i a guailnean.

“Feumaidh sinn partaidh a dhèanamh dhut,” ars a seanmhair.

“Feumaidh gu dearbh” arsa màthair Emma agus i a’ tighinn air ais dhan chidsin. Choimhead seannmhair Emma air an nighinn aice agus air a h-ogha agus thàinig gàire beag air a h-aodann.

“Ach dè mu dheidhinn an *sleepover* agam...” Bha Emma air a ràdh mus robh for aice.

“Dè an *sleepover*?” dh’fhaighnich a màthair.

Choimhead Emma air an ùrlar agus ann an guth beag iosal fhreagair i.

“Bha Julie ag iarraidh orm fhèin, ’s air Eilidh ’s air Joanna a dhol dhan taigh aice airson *sleepover* air an deireadh-sheachdain seo. Cha robh dad a dhùil agam gum biodh partaidh agam...”

Choimhead a seannmhair agus a màthair air a chèile agus an dithis aca a’ coimhead gu math ciontach.

“Uill, dè mu dheidhinn gun tig Julie, Eilidh agus Joanna an seo airson an *sleepover* ma-thà?” arsa seannmhair Emma.
“Nì mi fhìn agus do mhàthair partaidh beag an seo agus às dèidh sin faodaidh a h-uile duine againn *sleepover* a dhèanamh.”

Cha robh fhios aig Emma dè chanadh i.

Choisich Emma a-steach dhan trannsa dhorcha a-arithist. Bha i a' faireachdainn gun robh rudeigin eadar-dhealaichte an turas seo. Shaoil i gun robh e beagan na bu shoilleire. Thug i sùil air na dorsan a' dol sìos an trannsa agus bha fhios aice gun am feuchainn gun robh a h-uile fear aca glaiste. Ach dè mura robh? 'S dòcha an turas seo gum biodh fear aca fosgailte. Dh'fheuch i a' chiad doras phosgladh air a socair, ach mar a bha dùil, bha e glaiste. Dh'fheuch i an ath fhear agus an ath fhear agus an ath fhear, ach bha iad glaiste, a h-uile fear aca glaiste. Carson a bha i a' bodraigeadh? Bha fhios aice taghta math gum biodh iad uile glaiste. Bhiodh a h-uile doras glaiste ach am fear geal ge brith cait an robh e. Cha robh sgeul aice air. Ruith i sìos an trannsa a' feuchainn ri lorg ach cha robh e idir ann. Le fearg stad i agus sheas i a' coimhead air gach taobh dhith – ach cha robh an doras geal ri fhaicinn idir. Rinn i suas a h-inntinn a dhol air ais an taobh bhon tàinig i.

B' ann mean air mhean a thug i an aire dhan ghuth, ìosal an toiseach, uabhasach ìosal, mur gum b' e oiteag gaoithe a bh' ann ach a' fàs nas cruidhe agus nas cruidhe gus mu dheireadh an do rinn i a-mach dè bha e ag ràdh. Bha an guth ga gairm.

“Emma... Emma...”

Bha e fad às agus socair mar gur ann a bha e ag èigheach oirre bho shaoghal eile.

“Emma... Emma...”

Dhùin Emma a sùilean agus dh'fheuch i ri dhèanamh a-mach cò às a bha e a' tighinn agus lean i e. Chùm i oirre a' coiseachd le sùilean dùinte gus an do bhualil i ann an rudeigin le brag. Choimhead i suas; bha i na seasamh aig an doras gheal agus 's ann bho chùl an dorais ghil a bha an guth binn a' tighinn. Dh'fheuch Emma ris an doras fhosgladh, ach cha do għluais e. Ciamar a bha sin? 'S e an doras geal a bh' ann; bha còir aige fosgladh. Dh'fheuch i a-rithist, ach cha deargadh i air fhosgladh. Thòisich i ga bhualadh le dùirn agus ag èigheachd, “Fosgail! Fosgail!” ach cha robh e a' gluasad. Thug i ceum no dhà air ais agus ruith i suas thuige. Thug i brag air le gualainn airson a għluasad. Dh'fhosgail an doras agus thuit i an comhair a cinn dhan dorchadas.

“Dè thachair, Emma?” dh'fhaighnich a māthair.

“Feumaidh gun do thuit thu a-mach às an leabaidh. Siud thu air ais innta agus dèan beagan cadail. Seall, tha e leth-uair an dèidh trì sa mhadainn.”

Chaidh Emma air ais dhan leabaidh agus dhragh a māthair na plaideachan timcheall oirre.

“Oidhche mhath, a għrāidh,” ars a māthair.

“Oidhche mhath, a Mham” arsa Emma agus i a' feuchainn ri cuimhneachadh cuin a thuirt a māthair

“a ghràidh” rithe mu dheireadh. Dh’fhalbh a màthair a-mach às an rùm.

Bha Emma air toirt an aire gun robh a màthair air a bhith a’ caoineadh. Cha robh sin na iongnadh le Emma. Cha mhòr a h-uile bliadhna nuair a bha an co-là-breith aice a’ tighinn faisg, bhiodh a màthair a’ caoineadh, ach cha robh fhios aig Emma carson.

Madainn a co-là-breith bha Emma na suidhe aig bòrd a’ chidsin agus preusantan air gach taobh dhith. Bha a màthair agus a seannmhair nan suidhe ag òl tì nuair a fhuair màthair Emma grèim air an làimh aice agus thòisich i air innse dhan nighinn rudeigin a bha i air a chumail falachte ro fhada. Ann an guth ìosal agus socair dh’inns i dhi mar a thachair o chionn dusan bliadhna, agus thuig Emma carson a bhiodh a màthair cho sàmhach faisg air an deit shònraichte seo. Bha deòir gu leòr aig an triùir timcheall a’ bhùird agus Emma a’ faighinn a-mach gun robh a h-athair agus a piuthar, Mairead, nach fhaca i riamh, air bàsachadh ann an tubaist càir aig leth-uair an dèidh trì sa mhadainn agus iad air an t-slighe airson am bèibidh ùr, Emma, fhaicinn.

An oidhche sin, ann am bruadar, choinnich Emma ri Mairead, a piuthar, agus ri h-athair agus i air an gnothach a dhèanamh air an doras geal fhosgladh agus an àite tuiteam an comhair a cinn dhan dorchadas, ’s

ann a bha an triùir air an cuartachadh le solas geal agus faireachdainn blàth, sàbhailte timcheall orra.

An Tidsear



agus
na



Fiaclan Fuadain



Je Nous
Tu Vous
il, elle ils, elles
BONJOUR!



maoilios caimbeul

An Tidsear agus na Fiaclan Fuadain

le Maoilios Caimbeul

“**D**ùnaidh e?”

“C’ est combien?”

“Merci, très bien.”

Bha Monsieur Rousselon air beulaibh a’ chlas. An-diugh bha cùisean a’ dol gu math. A-màireach, ’s e rud eile a bhiodh ann agus an neach-sgrùdaidh a’ tighinn.

2a, clas math, clas còir, laghach. Ach Ailean a-mhàin, ’s e fior rasgal a bh’ ann. Bha e ag ùrnaigh nach milleadh esan a h-uile càil. Agus bha adhbhar aige.

“Cofaidh dubh. Alison.”

“Un café noir.”

“Excellent.”

Alison, bha ise math, bha ise uabhasach math.

Chuir Ailean suas a làmh.

“Seadh, Ailein.”

Monsieur Rousselon, ciamar a chanas sibh, “Tha m’ fhiacan fuadain briste?” Chaidh monmhòr thairis a’ chlas mar ghaoith tron fheur air latha foghair. Dh’fhairich M. Rousselon a chasan a’ call an lùiths. Chùm e a stamag a bha caran mòr a-staigh. Dh’fhàs aghaidh geal agus an uair sin dearg. Chuir e air aodann cho cudromach ’s a b’ urrainn dha. Dh’fheuch e ri gàire a dhèanamh, a’ smaoineachadh air na thachair.

“Mon dentier est cassé.”

Rinn Ailean gàire magail, a’ dèanamh cinnteach gun cluinneadh a h-uile duine e.

Bha eagal air gun tachradh e, gun canadh am meaban doirbh seo rudeigin mu dheidhinn na chunnaic e an oidhche roimhe.

Bha e fhèin ’s dà thidsear eile air a bhith anns an taigh-sheinnse agus cò bha ag obair sa chidsin ach Ailean. Cha robh sìon a dh’fhiös aige air sin nuair a chaidh e dhan taigh-òsta. Ach cha robh e fada ga fhaighinn a-mach.

Bha e fhèin agus a charaidean a’ gabhail pinnt nuair a thachair an rud a b’ uabhasaiche a thachair dha riamh.

Ciamar a b' urrainn dha a bhith beò anns an sgoil ud tuilleadh? Bha Rob, a charaid, ag innse sgeulachd èibhinn dha fhèin agus do dh'Aidean. B' ann air Aidean a bha Rob a' sealltainn agus cha tug e an aire dè thachair dhàsan. Ach rinn esan gàire mòr, agus gun rabhadh sam bith leum na fiaclan fuadain aige a-mach às a bheul agus thuit iad air an lèar. Cho luath ri peilear chrom e sìos, rug e orra agus stob e air ais na bheul iad.

Direach nuair a bha e a' togail a chinn, thug e an aire do dh'aodann le plionn gàire air, a' spleuchdadadh tro uinneag doras a' chidsin. Ailean! Ailean, an toirmeasg uabhasach ud à 2A.

Chaidh gaoir tro fheòil. Dè dhèanadh e? Bha cheart cho math dha an sgoil fhàgail. Duine sam bith eile 's bhiodh e air a bhith caran coma – ach Ailean! Cha deigheadh càil mar siud seachad air an rasgal ud. 'S bhiodh siud aige, mar chnàimh aig cù, fad mhìosan, fad bhliadhnaichean, dh'fhaodadh tu a bhith cinnteach.

Agus gu cinnteach bha. E na sheasamh air beulaibh 2A agus ag òrdachadh gun sluigeadh an t-ùrlar e.

“Cuiribh na leabhraichean air falbh,” dh'òrdaich e.

Gu fortanach, cha robh ach a dhà no thrì mhionaidean air fhàgail gu seirmeadh an clag.

"Cuimhnichibh, tha M. Molyneux, an neach-sgrùdaidh, an seo a-màireach. Feumaidh sibh a bhith glè mhodhail agus dìcheallach," thuirt e gun cus dòchais na ghuth."

Nuair a bha an clas a' falbh, rinn Ailean gàire ris,
a' sealltainn nam fiaclan brèagha, geala aige dha;
fiaclan a bhuineadh dha fhèin. B' e siud a' chiad uair a
rinn e gàire ris riamh. Cha b' e an turas mu dheireadh,
smaoinich e ris fhèin gu leamh.

Nuair a dh'fhalbh an clas, chaidh a làmh gu a bheul.



Dh'fhairich e fiaclan. Dìreach airson dèanamh cinnteach. Nam biodh iad air a bhith mar siud a-raoir. No mura biodh "cùis-mhulaid a bheatha" air an tubaist fhaicinn. Dh'fheumadh e rudeigin a dhèanamh mun ghille ud. Ach dè?

'S e duine cudromach, tomadach a bh' ann am M. Molyneux. Nuair a choimheadadh e ort leis na sùilean mòra a bha mar dà lòn anns a' mhòintich, bha thu cinnteach gun robh deireadh an t-saoghal a' tighinn faisg. Bhiodh iad a' toirt na chuimhne na sùilean aig Clement Freud nach maireann, an craoladair ainmeil.

Làrna-mhàireach, mus tàinig an clas a-steach, bha còmhradh dùrachdach eadar e fhèin agus an neach-sgrùdaidh. Bha e air tighinn chun a' cho-dhùnайдh a h-uile càil innse don fhear a bha a' dol a sgrùdadadh an leasain aige. Cha robh dà dhòigh air.

Air a' mhadainn sin, mus do dh'fhalbh e dhan sgoil, choimhead e air fhèin anns an sgàthan, a' dèanamh cinnteach gun robh e sgiobalta airson na sgoile. Cha robh e cho dona sin, thuirt e ris fhèin, ged a bha e 55 bliadhna a dh'aois agus fhalt air liathadh. Carson a leigeadh e le rud cho suarach ri fiaclan fuadain a ruagadh às a dhreuchd? Dreuchd a bha a' còrdadh cho mòr ris.

Nise bha e ag innse na firinn don neach-sgrùdaidh. Ghnog M. Molyneux a cheann. Rinn e gàire beag ge b' oil leis.

Chuir e làmh air gàirdean an fhir eile.

“Fàg thusa agamsa e,” thuirt e gu socair.

Thàinig an clas a-staigh. Thòisich an leasan. Bha Ailean na shuidhe aig beulaibh a' chlas, glè fhaisg air M. Molyneux. An-diugh 's e “A' dol dhan Bhùth airson Biadh” cuspair an leasain. Bha aca ri còmhradh a sgrìobhadh eadar dithis agus an uair sin aithris air beulaibh a' chlas.

“Est-ce que vous vendez du pain?”

“Un litre du lait.”

Rudan mar sin.

Bha a h-uile càil a' dol gu math. Bha M. Rousselon cho toilichte ri rìgh na lùchaint. Cha robh dad a' dol ceàrr agus bha an rasgal beag uabhasach modhail. Gu neo-àbhaisteach modhail.

Bha iad uile deiseil dhen sgrìobhadh agus, ag obair nan dithisean, leugh iad na còmhraidhean aca a-mach, agus sin air beulaibh a' chlas. 'S e an turas aig Ailean agus Seumas a bh' ann. 'S e còmhradh goirid a bh' ann.

“Cent grammes de jambon, s'il vous plaît.”

“Oui, très bien, cent grammes jambon.”

“Au secours! Mon dentier est cassé. Est-ce que vous vendez dentier?”

“Comment? Excusez-moi! Pardon!”

Rinn an clas gàire. Dh'fhàs aodann M. Rousselon beagan dearg, ach cha do leig e air gun deach dad uabhasach a ràdh. Shuidh an dithis ghillean sìos. Ailean agus plònas air, a' chùis a' còrdadh ris. Cha deach guth a ràdh ris agus thàinig an leasan gu crìch.

Dh'èirich an clas airson falbh. Nuair a bha iad a' dol a-mach, rinn M. Molyneux soidhne ri Ailean e fuireach air ais.

Nuair nach robh ann ach e fhèin agus an gille agus M. Rousselon, thuirt e ri Ailean suidhe mu choinneamh. Bha M. Rousselon air taobh eile an rùm. Cha chluinneadh e ceart dè bha M. Molyneux ag ràdh ris a' ghille. Ach bha Ailean a' coimhead air na sùilean mòra, dùrachach le iongnadh agus beagan èiginn.

Chuala e na facail ‘fiaclan fuadain’, ‘granaidh’ agus ‘litir’, ach sin uile a dhèanadh e a-mach.

“Ceart, faodaidh tu falbh,” thuirt M. Molyneux ris mu dheireadh. “Tha mi an dòchas nach cluinn mi an còrr mu do dheidhinn.”

“Cha chluinn, cha chluinn,” fhreagair Ailean gu h-iriosal.

Dh'èirich e airson falbh. Bha am plionas air falbh. Cha do rinn e gaire ri M. Rousselon nuair a bha e a' dol seachad air idir. Ach thuirt e ris ann an guth cho bog ris an ìm

“Tha mi duilich, Monsieur Rousselon, tha mi uabhasach duilich.”

Thug M. Rousselon taing do M. Molyneux. Cha robh an luchd-sgrùdaidh cho dona idir.

Bhon latha ud a-mach cha do chuir Ailean dragh sam bith air. Bhiodh e tric a' smaoineachadh air na thachair agus thàinig e chun a' cho-dhùnайдh gun robh gaol mòr aig Ailean air a sheanmhair – agus gun robh fiaclan fuadain aicese cuideachd.

Briathrachas

C'est combien? – Dè na tha e?

Merci, très bien – Tapadh leat, math fhèin

Un café noir – Cofaidh dubh

Excellent – Fior mhath

Mon dentier est cassé – Tha m' fhiacan fuadain briste

Est-ce que vous vendez du pain? – A bheil sibh a' reic
aran?

Un litre de lait – Liotair bainne

Cent grammes de jambon, s'il vous plaît – 100 gram hama,
mas e bhur toil e

Oui, très bien, cent grammes de jambon – Seadh, math
fhèin, 100 gram hama

Au secours! – Cuidich (mi)!

Comment? – B' àill leibh?

Excusez-moi! – Gabh(aibh) mo leisgeul!

Pardon! – Duilich, gabh(aibh) mo leisgeul!

An t-Iomradh



CALUM MACFHIONGHAIN

An t-Iomradh

le Calum MacFhionghain

Chan e boireannach sanntach a th' annam. "Fòghnaidh na dh'fhòghnas," sin a tha mise daonnan ag ràdh. Ach – gu sealladh Sealbh ormsa! Nach eil mi airidh air àite-còmhnaidh nas fheàrr na seo? Bhon latha seo air adhart ... bidh mo dhachaigh anns ... a' bhrùchlaig a tha seo.

Gabh mo leisgeul, a Chonstabail, feuchaidh mi gun a bhith a' caoineadh. Coimhead mun cuairt. Dè chì thu? Lär ùir, burgaid de stòbha Rayburn agus seann bhòrd cugallach còmhdaichte le pàtranan fighe is trealaich de gach seòrsa. Saoilidh mi gu bheil còir agam a bhith taingeil nach eil Mairead – tha sinn anns na h-oghaichean – ag iarraidh airgead orm. Ach fhuair mi a-mach bho chionn fhada gur daor a cheannaich mi rud a fhuair mi an-asgaidh. An dèidh na thachair dhomh air an t-seachdain seo chaidh, is ann agam a tha fios air an siud.

Nuair a smaoinicheas mi air an dachaigh àlainn agam, Dunrovin, ann an Cnoc nan Gobhar ann an Steòrnabhagh, cha mhòr nach eil mi an impis briseadh sìos. Chunna tu an taigh, nach fhaca? 'S e villa eireachdail a th' ann, na sheasamh air leth, loma-làn de dh'àirneis is rudan prìseil a thàinig à Siona. Uill – cha ruig mi leas innse dhut gum feum thu a bhith beairteach ma tha thu a' fuireach an sin.

Chunna tu am Mercedes a-muigh? Bheil fhios agad dè a' phrìs a bha e? Bha siud còrr is air dà mhìle not orm bho chionn mìos. Seadh, tha e coltach gum feum mi a reic mus faigh mi a-mach às an t-sitig seo.

Cò th' agam ... cò th' agam fo amharas? A Chonstabail, tha mi mionnaichte gur e am Badhlach a rinn e. Tha fhios a'm nach do rinn e an droch bheart. Bha e còmhla riumsa fad na h-oidhche. Stad! Na tog a' bhrìgh cheàrr às an sin – ha, ha, ha! 'S e bh' ann gun robh e nam chuideachd ann an taigh-bìdh fad dà uair a thìde. Ach, tha mi cinnteach ge-tà gun robh ceangal eadar e fhèin agus a' bhuidheann a rinn an gnìomh. Èist! Chan eil mi airson a bhith a' càineadh duine neoichiontach. Dh'fhairich mi gu fann gun robh mi ... mar gum biodh ... umh ... a' tuiteam ann an gaol leis an duine seo. Bha rudan a' dol air adhart eadarainn, buillean de shùilean, fiamhan gàire, làimhseachadh. Ach 's e bleigeard de rèogaire a th' ann.

Ò, dìreach fear òg ris an do choinnich mi anns an taigh-bìdh *Taste of Siam* a-raoir. Chan eil, chan eil mi idir cinnteach an e Mario no Murchadh an t-ainm a bh' air. An aon rud as aithne dhomh gun robh mi nam shuidhe aig bòrd leam fhìn nuair a choisich an duine òg brèagha suas gu stràiceil chun a' bhùird agam, agus dhragh e sèithearn a-mach is shuidh e air mo bheulaibh. 'S e truinnsear mòr de *Tom Yang Kung* a bha mise a' gabhail còmhla ri càrn de rus bruich: dh'òrdaich esan muasgain-chaola.

An toiseach, bha h-uile càil mar gum biodh òran. Dìreach àlainn. *Some enchanted ee-ee-vening, you may see a straa-een-ger...*

Bha an còmhradh eadarainn sgaiteach, geur. “'S e Mòrag Dà Dhinnear a chanas mi riut bho seo a-mach, a bhean chòir,” thuirt esan. Ghabh mi mo dhinnear air mo shocair an dèidh sin, ged a bha fhios agam nach biodh sgillinn ruadh agam ri phàigheadh ge b' e dè na dh'ithinn.

Innsidh ni dhut mu dheidhinn siud a dh'aithghearr, a Chonstabail. Gu follaiseach chuir mi an litir eadar na bobhlaichean de shabhs chilli a bh' air a' bhòrd. Seo litir bheag a fhuair mi air sgàilean a' chàir madainn an-dè. Cha do mhothaich e dhi. Bha e a' cagnadh nam muasgan gu grinn, agus bhiodh e gan tumadh anns an chilli bho àm gu àm. An-dràsta 's a-riisthist bhiodh e a' suathadh a bheòil le nèapraig. Bha mise a' sìor choimhead air na fiaclan mòra, geala, fallain. Ach, an ceann greise, bha na bileagan 's na fiaclan gam fhàgail, dè mar a chuireas mi e? Caran mì-chofhurtail. Agus thionndaidh mi mo cheann gu na pioctairean air na ballachan. Cha do chuidich sin leam.

Tha mi a' ciallachadh, a Chonstabail, b' iad ìomhaighean de bhoireannaich, 's an cìochan ris, a' mire ri fireannaich a bha air an näire a chall ... gun luaidh air an drathais. “Tha fhios agad, a Mhar ... umh, a Mhurchaidh” thuirt mi. Chaidh mi nam phuins nuair a shuidh e sìos aig a' bhòrd còmhla rium 's cha chuala mi ceart dè an t-ainm

a bh' air. Tha fhios agad gur e boireannach diadhaidh a th' annam." Bha dàil bheag ann. Rinn e gàire. Gu m' iongnadh, thòisich mi air glaoedhaich: "Innsidh mi dhut, a bhalaich – 's e Miss MacIver a th' orm, 's cha d' fhuair mi Mistress riamh." Agus an uair sin, le mo cheann a' gogadaich is mo bheul cho staoin, thug mi mo mhionnan: "Nuair a dh'itheas mi làn mo bhroinn dhen bhiadh bhlasta a tha seo, tha mi a' dol a leum dhan Mhercedes agam agus tha mi a' dol a dhèanamh air Dunrovin. Dh'fhan e sàmhach, ach chunnaic mi e a' toirt sùil air uaireadair. Thog e muasgan eadar òrdag is sgealbag is bhris e am plaosg gu furasta. Thàinig coltas gu math eangarra air aghaidh. Shaoil mi aig an àm nach robh e a' còrdadh ris gur ann am broilleach nan uaislean a bha mi a' fuireach.

An gabh thu drama? Cha chreid mi nach eil botal nam bhaga. Ò, ceart – an ceann do dhleastanais, tha mi a' tuigsinn. Leig leam tè bheag a dhòrtadh – tha an obair gun tlachd seo air mo chur troimh-a-chèile. A bheil thu cinnteach? Uill, mar a bha mi ag ràdh, cha do rinn am Badhlach ach a bhilean agus a làmhan a shuathadh agus labhair e mar gum biodh e coma. "Tha feadhainn ann a tha a' smaoineachadh gur e am Mercedes an càr as fheàrr a tha san t-saoghal." 'Seadh,' smaoinich mise, ach cha robh mi a' dol a dh'innse dha dè thachair dha m' fhear-sa aig toiseach na seachdain. Bha fhios a'm gun innsinn an stòiridh air fad dha ro dheireadh na h-oidhche, ach chan ann aig an fhìor thoiseach.

Aidh, aidh, aidh. Innsidh mi dhutsa an stòiridh air fad cuideachd, ach gabhaidh mi mo rathad fhìn. Tha fhios agad, tha e neònach mar a tha thu air do tharraing gu daoine eile. Nam biodh tu air faighneachd dhomh dè tha mi air a bhith a' lorg fad mo bheatha, bha mi air freagairt gu sìmplidh ... 's e ... 's e ... an gaol a bha mi a' lorg: cuideigin dhan toirinn gaol agus a bheireadh gaol air ais...

Tha mi duilich. Cha bhi mi a' gal ro thric. Tapadh leat. Nach math gun tug thu bogsa nèapraigean pàipeir leat. An ath rud, dh'fhosgail an duine òg, brèagha seo a bheul agus bhruidhinn e rium dìreach mar fhacal. "Seadh," thuirt esan, "fhuair mi fhìn cuairt ann am Mercedes a' bhòn-dè. Gu dearbh fhèin, chan eil beatadh air na Gearmailtich nuair a thig e gu bhith a' togail chàraichean." Chuir e an spàin ri taobh a' bhobhla is phaisg e a nèapraigie. "Tha mise làn gu spreadhadh a-nis," thuirt e, "ach faodaidh tusa crìoch a chur air a' phoit, a Mhòrag. Tha e coltach gu bheil an t-acras gad tholladh."

"Uill," thuirt mi fhìn, "tha an diathad tha seo pàighe mar-thà."

"Siuthad ma-thà," thuirt esan, "ma tha thu ga faighinn an-asgaidh, gabh do leòr dhith." Dh'imlich e a bheul. Shìn e a-mach a làmh is thog e an litir. "Dè tha seo?" thuirt e.

Theann e ri bhith ga h-aithris gu h-àrd-ghuthach: "Tha-sinn-an-dòchas-nach-do-ghabh-sibh-an t-eagal-nuair-a-thàinig-

oirnn-an-càr-agaibh-a-ghabhail-air-iasad-Diluain-seo-chaidh. Bha-sinn-ann-an-gàbhadh-ach-tha-ar-bàta-air-bhog-a-nis, taing-dhuibh-fhèin. Mar-chomharra-air-cho-buidheach-agus-a-tha-sinn-asaibh, chòrdadh-e-rinn-nan-gabhadh-sibh-ris-a' chuireadh-seo-a-tha-sinn-ro-thoilichte-a thoirt-dhuibh: diathad-anns-an-taigh-bìdh-Taste of Siam-an-Steòrnabhagh-aig-seachd-uairean-air-oidhche-Haoine. Faodaidh-sibh-bhur-sporan-fhàgail-aig-an-taigh, oir-ge-b' e-air-bith-dè-dh'itheas-sibh-cha-chosg-e-càil-oirbh. Le-deagh-dhùrachd. Caraid-taingeil."

"Siud an litir a fhuair mi air sgàilean a' Mhercedes madainn an-dè," thuirt mi. Chaneil, chaneil i idir agam. Phronn esan an litir agus thilg e chun an làir i. Co-dhiù, 's e thug togail dham chridhe an càr fhaicinn a-rithist. Bheil thu a' tuigsinn, a Chonstabail? Nuair a chaidh a ghoid oidhche Luain bha dùil a'm nach fhaicinn gu bràth tuilleadh e. "A Mhòrag," thuirt am Badhlach. "Cò chuir seo thugad?"

"Chan eil càil a dh'fhiös a'm," thuirt mi.

"Dè tha iad a' ciallachadh: an càr agaibh a ghabhail air iasad?" dh'fhaighnich e. "Chaidh an càr agam a ghoid uaireigin oidhche Luain," thuirt mise.

"Cha b' e a ghoid a rinn iad," thuirt am fear a bh' ann.
"Chuir iad air ais e – an ann an-diugh?"

“Tha sin ceart,” thuirt mi fhìn, “agus nam faiceadh tu an gleans a bh’ air nuair a thill iad e! Bha e a’ coimhead na b’ fheàrr na bha e nuair a thàinig e a-mach às a’ showroom!”

Thàinig am fear-frithealaidh chun a’ bhùird agus e a’ putadh seòrsa de bhara air an robh truinnsearan de dh’aran milis is measan. Uill, bha fhios a’m gun tachd an gionach na coin, ach bha mi air mo bhruthadh gu beagan dheth ... uill, mòran dheth a ghabhail. Ghabh mi tûr de chèic agus truinnsear de shùbhan-craoibh còmhla. Bha a h-uile càil pàighe, nach robh?

“Tha thu air a bhith fortanach, a nighean,” thuirt e, agus e a’ cur a làmhan air m’ fheadhainn-sa. Nighean – ha-ha-ha!

“Tha fhios a’m,” thuirt mise, agus an fhìrinn, ’s fhada nach do dh’fhairich mi cho fortanach.

“An càr a shaoil thu chaidh a ghoid,” thuirt e, “fhuair thu air ais e ’s cha robh damaist sam bith air.”

“Agus fhuair mi diathad agus feasgar tlachdmhor a-staigh an seo – ’s a h-uile càil an-asgaidh,” thuirt mi, agus rug mi air an truinnsear gus an glaimhsinn a h-uile deur dhen t-sùgh às.

“*Joyriders* a chanas iad riutha,” thuirt esan. “Chan eil annta ach balaich òg’ bhon tuath a chaill am bus mu

dheireadh a-mach às a' bhaile." Bha e cho beulach, uill – cha ruig mi leas innse dhutsa, a Chonstabail, gu bheil an dol air adhart seo a' tachairt gu math tric. Bha mi dìreach cho taingeil gun do thionndaidh a h-uile càil a-mach cho math – aig a' cheann thall.

Thàinig am fear-frithealaidh mun cuairt a-rithist le bhara agus thug mi gèill dha na measan aon uair eile. Carson? Sliseag eile de ghâteaux is sùgh? B' àill leibh? Bheil thu air a bhith ag èisteachd rium? Bha, bha a h-uile càil an-asgaidh. Nuair a dh'fhairich mi blas na cèic agus an t-sùgh còmhla, bha a h-uile pàirt dhòm bâthte ann am mìlseachd bhlàth.

Ach an robh na bha mi a' faighinn dha-riribh an-asgaidh? Chuir mi a' cheist orm fhìn. A Chonstabail, cha ruig thu far a bheil mi fhìn gun a bhith iomagaineach. Thug mi sgrùdadh air aghaidh an duine a bh' air mo bheulaibh. Dorcha sa chraiceann, bhiodh e mu dheich bliadhna air fhichead. Chan eil fhios a'm an e a' chainnt neònach a bh' aige no an snodha-gàire a bha daonna air aghaidh, ach dh'fhairich mi nach robh e nàdarra duine òg – uill, òg an tacsa riumsa – do dh'fhear òg mar seo a bhith cho dàna 's gun toireadh e fiathachadh dha fhèin suidhe sìos aig bòrd ann an taigh-bìdh còmhla ri mo leithid. Thilg mi bhuam an spàin agus leig mi mo thacsra ri cùl an t-sèithir. "Carson?" thuirt mi. "Dè tha gad fhàgail ag ithe còmhla riumsa?" Thilg e am freagairt orm dìreach eadar am beul 's an t-sròn. "Tha thu neo-choireach," thuirt esan.

“Neichoireach?” thuirt mise.

“Tha e furasta do leughadh,” thuirt esan.

“Dè tha thu a’ ciallachadh ‘furasta mo leughadh?’” thuirt mi. “Chan aithnich thu mi, a dhuine.”

“Ò, ’s aithne dhomh gu leòr,” thuirt esan. Rinn e cnag le mheòirean los gun glacadh e aire an fhir-fhrithealaidh, agus thàinig am fear a bh’ ann na throtan sa bhad. “A *Mousse and a Skinny Latte for the lady*,” dh’òrdaich e.

Saoilidh mise gu bheil boireannach às na h-eileanan fo bhuaidh cumhachd – is caomh leotha a bhith ri taobh duine aig a bheil comann. ’S ann air seo a bha mi a’ smaointinn nuair a dh’èirich Mario Murchadh agus a chuir e stad air an ñiol-dèirce a bha a’ dèanamh air a’ chidsin le ultach de thruinnsearan salach. “Greas ort, ill’ òig,” thuirt e sa Bheurla. Bha e na sheasamh, àrd is leathann sna guailnean. Anns a’ bhad, dh’fhairich mi blàths sùbailte gam bhàthadh ann an ciùineas. Thàinig rudhadh gu mo ghruaidhean – tha seo eadar sinn fhìn agus an ursann, a Chonstabail – shaoil mi gur ann leam fhìn a bha am fear seo agus gun robh mi a’ dol a dhèanamh car a dh’atharraicheadh mo bheatha an ùine nach biodh fada.

Nach mi chaidh ceàrr? Gabh mo leisgeul, tha mi cho tioram ri àrc an seo. Bheil thu coma ged a ghabhainn mi

balgam beag eile? Carson tha pìonas ort, a Chonstabail?
 'Bheil thu airson gun cluinn thu an còrr dhen sgeulachd
 uabhasach seo? 'S ann a' sìor fhàs nas miosa a tha i.
 Tha thu deònach iomradh mionaideach a sgriobhadh,
 nach eil? Ceart. Tha thu direach a' trusadh fiosrachadh.
 Coltach rium fhìn nuair a bha mi ag obair anns na
 taighean-òsta. Ha-ha-ha! Cho luath 's a dh'fhosglainn
 mo shùilean sa mhadainn, siud Mòrag am bad nan
 aoighean a bha fuireach againn, 's mi gan ceasnachadh
 mu dheidhinn cò às a bha iad is dè an obair a bh' aca.
 Làithean geala! Làithean geala dha-riribh...

Co-dhiù. Cò air a bha mi a-mach, a Chonstabail? Daoine
 fo amharas, nach e sin e? 'S e bha a' tighinn gu m' shùil
 ach iar-bhoillsgeadh dhen duine mheallta a thachair mi
 ris anns an Eilean Sgitheanach, Sam the Scam. Bha mi
 nam shearbhanta ann an taigh-òsta Cuilinn Lodge aig an
 àm. Geall gun cuireadh Sam the Scam duine sam bith fo
 gheasaibh. Thug e mo char asamsa, agus mar a tha fios
 agad, cha b' ann an-dè a rugadh mise. Bha esan air an
 telebhisean, agus bha mise ann an seann aparan. Abair
 gun robh Sam the Scam na mhèirleach! Ghoideadh am
 fear ud a' bhoiteag bhon chirc dhall. Chuir e buidseachd
 orm le gheallaidhean gaoil'. An-diugh? Dè fios a th' agamsa
 dè tha e a' dèanamh an-diugh? Tha mi an dòchas gu
 bheil e a' reic a' Bhig Issue an Dùn Eideann. Agus, chan
 fhada gus am bi mi fhìn còmhla ris is mi air mo mhealladh
 a-rithist. Tha mi duilich ... tha mi cho feargach 's gu bheil
 mi a' caitheamh smugaidean 's mi a' trod rium fhìn. An do



ràinig siud a' bhriogais agad? Duilich.

Co-dhiù, siud sinn nar suidhe an siud, mi fhìn 's am fear òg eireachdail a bha seo leis a' chainnt sgleogach ud, agus chuimhnich mi air coibhneas Suki Mhoireasdain, bean Nigel, aig an robh an taigh-òsta ann am Port Righ nuair a thill mi dhachaigh a Leòdhas. Reic Nigel an taigh-òsta goirid an dèidh sin is chaidh iad a dh'fhuireach dhan Spàinn, ach mus do għluais iad, thug i dhomh an t-airgead leis an do cheannaich mi an taigh mòr an Cnoc nan Gobhar far a bheil mi air a bhith a' fuireach ... uill, chun an latha an-diugh co-dhiù. 'S i thug dhomh cuideachd an àirneis à Siona a bha i air a bhith a' cruinneachadh. "Mas urrainn dhomh do chuideachadh air dòigh sam bith, a Mhòrag, chan eil agad ach a' fòn a thogail," thuirt i rium a' mhadainn a thog mi orm a Steòrnabhagh. An dèidh na buille a dh'èirich dhomh, tha eagal orm gur e sin a dh'fheumas mi a dhèanamh.

Bha mise an dèidh ruith a thoirt air mar a dh'uidheamaich mi mo dhachaigh. Bha esan ag innse dhomh gun robh an saoghal de nithean prìseil agam am broinn an taighe. "Nach tu tha gòrach!" thuirt esan. "Tha cuthach tioram air ceannichean às na bailtean mòra gus am faigh iad an làmhan air àirneis mar a th' agadsa. Ach gheibheadh tu airgead àrachais oirre, nan rachadh a ... nan cailleadh tu pàirt dhith?" Feumaidh gun do thuig e, nuair nach do fhreagair mi, nach robh an t-àrachas agam, agus bha e na thost airson greis.

“Beinn a’ Bhadhla,” thuirt mi. “An aithne dhut Baile nan Cailleach?”

“S ann à Baile a’ Mhanaich a tha mise,” thuirt e. Dh’fhaich mi blas searbh nam sgòrnan nuair a sheall mi air ’s e a’ giogachd. Baile nan Cailleach, Baile a’ Mhanaich – na daoine làn ghiseagan... “Dè tha thu a’ dèanamh an seo an Leòdhas?” thuirt mi.

“Ò, mar as fheàrr as urrainn dhomh, a’ ceannach ’s a’ reic – na cuireadh e dragh sam bith ort mum dheidhinn,” thuirt e. “Tha iomaire mòr eòrna nam fhradharc an-dràsta, ’s tha mi a’ smaointinn gun tig mi thuige on deas.”

Ged nach robh ciall sam bith aig na faclan an uair ud, thug mi sa bhad nach b’ e buigneag a bh’ agam an seo. Bha Mar – duilich, Murchadh – bha e cho cruidh ri creig.

“Dè tha thu a’ dol a dhèanamh nuair a tha thu deiseil an Leòdhas?”

“Bidh sin a rèir dè mar a thèid dhomh leis an speal,” thuirt esan.

“An tilleadh tu dhachaigh a dh’Uibhist?” dh’fhaighnich mi ’s mi a’ feuchainn ri bhith coma. Bha cuimhne a’m air an liuthad ìomhaigh de Mhoire a chithear ri taobh an rathaid mhòir. Dùthaich choimheach dha-rìribh. “Thèid mi air ais ...

uaireigin,” thuirt e. Tha bean aige an Uibhist, smaoinich mi. Tha e a’ cheart cho dòcha gu bheil dròbh chloinne aige cuideachd.

“Seo an oidhche a b’ fheàrr a tha air a bhith agam bho chionn bhliadhnaichean,” thuirt mi. Shaoil mi gun do dh’fhàs clachan nan sùilean aige mòr agus gun robh seòrsa de dh’aitreachas na ghuth nuair a thuirt e: “Bho do bhilean gu cluasan Dhè, a luaidh.”

Choimhead e air uaireadair. “’S fheàrr dhomh falbh,” thuirt esan. “Tha mi sgìth a-nochd.”

“Thusa sgìth?” thuirt mise. “Cha shaoilinn gum biodh balach òg mar thusa air fàs sgìth.” Thàinig e a-steach orm gu làidir nach b’ ionann ar cuid gnothaich. Bha cabhag air. Cha robh mise airson gun crìochnaicheadh an oidhche mar seo. “Carson nach tig thu dhachaigh còmhla rium?” thuirt mi. “Chì thu an àirneis Shònach a thug Suki dhomh.” Dhùin e a shùilean mar gum biodh e ann an cràdh air choreigin agus bhruidhinn e ann an guth sèimh: “Cha tig a-nochd, ach chì mi an stuth agad … a-rithist.”

“A-rithist,” thuirt mi. “Cuin?”

“Ann an ùine nach bi fada,” ars esan.

“Ach tha thu deònach na pioctairean, ’s na cistichean agus na bratan dhen t-sioda fhaicinn?” thuirt mise.

“Ò, tha,” ars esan.”’S gann gun tèid agam air feitheamh.”

Rinn am fear òg rud annasach mus do dhealaich sinn. Thug e peann is bileag pàipeir às a’ phòcaid an taobh a-staigh dhen t-seacaид aige. “Thoir dhomh do sheòladh agus àireamh a’ fòn-làimhe agad,” thuirt e. Mar chlamhan, dh’inns mi dha far an robh mi a’ fuireach, agus gu m’ iongnadh thug mi an aire gun robh e deiseil dhen sgriobhadh fiù ’s mus d’ fhuair mi na figearan a-mach às mo bheul. Bha mi a’ smaoineachadh gun robh esan fada na b’ eòlaiche ormsa na bha mise airsan.

“Cha bhi cuimhn’ agad ormsa, am bi?” thuirt mi. “Cha robh seo ach dibhearsain dhutsa, nach e? Chunna tu cailleach ghòrach na suidhe aig bòrd leatha fhèin agus smaoinich thu gun cuireadh e seachad an tìde dhut nam bruidhneadh tu rithe fad uair no dhà.” Thug e sùil orm agus bhruiddhinn e. “Mo ghealladh,” thuirt e, “cha dhìochuimhnich mi thu rim mhaireann, a Mhòrag, agus cha chreid mi gun dìochuimhnich thusa mise nas mò. Nach fàg sinn aig an sin e?” Thug e pòg bheag dhomh air mo ghruaidh, thionndaidh e agus choisich e a-mach an doras.

Cha do dh’fhuirich mi fhìn fada às dèidh sin. Dh’fheuch mi ris an cunntas a phàigheadh ach cha ghabhadh iad sgillinn bhuam. Leum mi a-steach dhan chàr bhrèagha agus stad mi aig doras an taighe an ceann còig mionaidean. Cha do chreid mi mo shùilean. Bha an doras sraointe fosgailte – bha a’ ghlas a briste – agus nuair a choisich mi a-steach

cha robh pioctair, ìomhaigh, dreasair, bad aodaich,
leabaidh, teilidh no bhidio air fhàgail ... ghoid iad a h-uile
càil ach na ballachan.

“Gun sealladh an nì math orm,” dh’èigh mi. “Nach bu tu an
òinseach, a Mhòrag!” Fhad ’s a bha mise a’ dèanamh suas
ri fear òg agus a’ faighinn mo leòr de bhiadh an-asgaidh
bha na spùinneadairean – na h-aon... bhleigeardan a ghoid
an càr – choisich iad a-steach gu làn-chinnteach is dh’fhàg
iad mi cho lom ri ... cho lom ri prìne!

Chan eil fhios a’ m Carson a tha daoine a’ dèanamh
culaidh-mheallaidh dhìomsa. Chan e boireannach sanntach
a th’ annam ...



Aon


CHOTHROM

A detailed black and white illustration of a person's neck and eye. The neck is shown from the side, with a small tear or cut visible. The eye is looking directly at the viewer, with a somewhat weary or intense expression. The hair is dark and wavy.

Eile

CARON

NicFhionghain



Aon Chothrom Eile

le Caron NicFhionghain

Chaidh na corragan iarainn aige mun cuairt amhaich Màiri agus shuath iad anns a' chraiceann fhallasach aice. Leig a chogais mheirgeach leis. Bha a cùl ris a' bhalla agus an t-sràid aonarach, a dh'aindeoin an t-sluaigh, a bha gan seachnadh anns an dòigh fhaiceallach, choma, aca. Chunnaic i an t-eagal na shùilean.

“Càit a bheil m' airgead?” thuirt e ann an guth socair.

Thòisich i a' caoineadh. Chunnaic i lainnir na sgeine shalaich ann an solais na sràide, mar iasg a' mùthadh sa ghrèin. Chuir e a ghàirdean timcheall oirre agus theannaich e a ghrèim.

Ghiùlain anail làidir na briathran “Càit a bheil m' airgead?” bho a bhilean sgagach gu cluais Màiri, aon uair eile. Bha coltas àraid air an turas seo. Chan fhac' i riagh san staid seo e.

“Chan eil e agam!” dh'èigh i agus na deòir nan sruth a-nis.

Leig e às i agus thuit i chun an làir mar dhoile. Fhuair i a h-anail air ais.

Chuir e a làmhan air a cheann agus choisich e air ais 's air adhart, a' feuchainn ri plana a dhèanamh na cheann. Chuir fear a bha a' coiseachd seachad stad air a' chiad dreach den phlana sin, leis a' cheist:

"Excuse me, is everything OK?"

"Yes, it's under control. My daughter has had too much to drink."

Fhuair e grèim air a gàirdean agus shlaod e i gu a casan gu cruaidh. Leig i sgreuch aiste, ach cha robh duine mun cuairt a thug an aire.

"Tha aon chothrom eile agad," thuirt e le guth briste agus teagamh na shùilean. "An-diugh, aon chothrom eile."

"Ciamar...?"

Chuir e an sgian gu luath agus gu domhainn na stamaig agus leig e às an grèim a bha aige oirre. Choimhead iad air a chèile gun fhacal.

Bha am pian a' lasadh na stamaig, mar theine fiadhaich, craiceann a' sracadh le gach gluasad. Bha ful a' sruthadh gu slaodach sìos. Le uabhas, chuir i a làmh air an fhuil bhlàth. Corragan dearga – fianaisean – a' feitheamh air a' cho-dhùnadh a bha na dhòrn. Ann an dathan rùbaidh agus sgàrlaid, bha an fhuil thiugh

a' deàlradh. Thuit e ann an laigse air a muin. Chan fhaigheadh i fiù 's anail a tharraing.

Nuair a dhùin i a sùilean, chuimhnich i air a' phartaidh aig an robh i nuair a bha i còig bliadhna deug, o chionn dà bhliadhna. Bha a h-uile duine an sin ag òl agus bha cuid a' gabhail rudan na bu làidire. Dh'fheuch duine no dithis ri pile a thoirt dhi agus sheachain i iad an toiseach. Ach rinn an deoch-làidir a dicheall gus a cogais a dhalladh. Mu dheireadh, ghabh i a dhà. Cho furasta ri sin. Mar a shluigeadh neach aspirin. An ceann leth-uair a thìde, bha a h-uile rud mun cuairt oirre na smàl dhathan agus fhuaimean.

Dh'fhosgail i a sùilean a-rithist an cùl ambaileans. Dè thàinig air an duine? Carson a rinn e siud? Bha i bochd a' smaoineachadh mu dheidhinn. Dhùin a sùilean a-rithist agus chunnaic i aodann a màthar. Chan fhaca i sin bho chionn còrr is bliadhna. Cothrom eile a màthair fhaicinn. Dhìochumhnich i a h-uile droch rud a thuirt iad ri chèile. Chuimhnich i air na làithean sona a bh' aca còmhla. Làithean neochiontach. Cha dìochchuimhnicheadh Màiri sùilean a màthar an latha a dhealaich iad; sùilean donna, làn bròin agus eagail. Airson a' chiad turais bha an comas aig Màiri cridhe briste a màthar a chàradh. Bha fios aig Màiri gur e i fhèin a dh'fheumadh piseach a thoirt air cùisean. Chunnaic i gàire a màthar mu a coinneamh agus shìn Màiri a làmh a-mach.

Sheall i sìos air a gàirdean agus shuath i na seann làraich a bha ag innse an sgeulachd fhèin, mapa de gach àite san robh i a' stobadh snàthad. 'S e gaol an aon shnàthainn a chuireadh am beatha air ais ri chèile.

Bha nise gràdh agus dòchas ga còmhdaich mar phlaide 's i na laighe an sin air an t-slighe dhan ospadal. Dh'aithnicheadh i gu leòr a fhuair bàs tron t-seòrsa beatha a bh' air a bhith aicese; bha ise fortanach nach do dh'halbh am bàs leatha an oidhche ud.

Ach chitheadh i gu bràth an dà shùil bhiorach ud a chuir gaoir troimhpe. Sùilean nach do dhùin, corp nach do għluais. Abair dòigh air aon chothrom eile.



Na h-Ùghdair

Maoilios Caimbeul

Rugadh Maoilios Caimbeul ann an 1944 anns an Eilean Sgitheanach far an robh athair na mhiseanaraidh. Tha e air a bhith an sàs ann an diofar rudan thairis air na bliadhnaichean ach bha e na thidsear Gàidhlig airson ùine mhòir mus do thòisich e air sgriobhadh làn-ùine. Tha e aithnichte mar bhàrd Gàidhlig agus buannaich e Crùn a' Bhàird aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail anns a' bhliadhna 2002. Tha e cuideachd a' sgriobhadh rosg agus tha e air grunnan leabhraichean a sgriobhadh do chlann agus do dheugairean thairis air na bliadhnaichean.

Calum MacFhionghain

'S ann à Taobh a' Chaolais an Uibhist a' Chinn a Deas a tha Calum. Tha e air sgriobhadh a dhèanamh airson rèdio, telebhisean, àrd-ùrlar agus film.

Tormod MacGill-Eain

Rugadh Tormod MacGill-Eain ann an Glaschu sa bhliadhna 1936. Ged a bha e greis a' teagastg ann an àrd-sgoiltean air feadh Alba, chuir e seachad a' mhòr-chuid de shaoghal a' seinn, a' pìobaireachd agus a' feuchainn ri gàire a thoirt air daoin' eile. Bha e cuideachd an sàs ann an obair rèdio agus telebhisein. Tha e air grunnnd leabhraichean

a sgriobhadh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Thill e dhachaigh a dh'Uibhist ann an 2009 agus tha e a-nis air a dheagh dhòigh ann an Griomasaigh.

Dòmhnaill Iain MacIomhair

Tha Dòmhnaill Iain MacIomhair a' fuireach ann an Steòrnabhagh, far an robh e ag obair ann am foghlam airson faisg air ceathrad bliadhna, an dèidh dha ceumnachadh le urram anns na Cànanan Ceilteach ann an Oilthigh Obar Dheathain. B' ann nuair bha e san oilthigh a thòisich e a' sgriobhadh. Bha e na Cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach bho 1985 gu 1990, agus choisinn e Crùn Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail sa bhliadhna 2000. Sgriobh e agus dheasaich e grunn leabhraichean Gàidhlig, nam measg, nobhail, leabhraichean de sgeulachdan goirid agus leabhraichean-sgoile. Choisinn e duaisean airson sgeulachdan agus bàrdachd, agus chaidh grunn de sgeulachdan a chraoladh air rèidio. A-nise, tha e ag obair mar eadar-theangair agus mar chomhairleach air gnothaichean foghlam na Gàidhlig, agus tha e air a bhith a' deasachadh agus a' comharrachadh dheuchainnean aig ìre nàiseanta fad iomadh bliadhna.

Daibhidh Màrtainn

Ann an 2003 cheumnaich Daibhidh Màrtainn bho Oilthigh Shrath Chluaidh le ceum le urram ann an litreachas Beurla. An dèidh sin, chuir e seachad ùine ann an Canada a' siubhal agus a' leasachadh a chuid sgilean air bòrd-sneachda agus an uair sin ann am Barsalona a' dèanamh cùrsa TEFL. Thòisich e air sgrìobhadh làn-ùine nuair a thill e dhachaigh. Bha ùidh aige riamh ann an sgrìobhadh agus thòisich e air bàrdachd agus sgeulachdan goirid a sgrìobhadh nuair a bha e ceithir bliadhna deug a dh'aois ach gu h-annasach, sguir e fhad 's a bha e san oilthigh. Tha e air sgeulachdan goirid agus bàrdachd fhoillseachadh ann an irisean, leabhairchean agus *The Herald*. Bha e na sgrìobhadair aig An Lanntair ann an Steòrnabhagh agus fhuair e cuireadh gu Hi-Arts Master Class ann an 2006. Tha e air obair a leughadh air feadh na dùthcha agus air rèidio còmhla ris an fhear-chiùil – Iain Moireasdan. Tha e an-dràsta na stiùiriche aig MacTV.

Seonag Monk

'S ann à Beinn na Fadhla a tha Seonag Monk agus tha i air a bhith na craoladair aig BBC Radio nan Gàidheal airson grunn bhliadhnaichean. Tha i air sgrìobhadh a dhèanamh airson rèidio, telebhisean, àrd-ùrlar, leabhairchean agus film.

Caron NicFhionghain

'S ann à Eilean Thiriodh a tha Caron. Chaidh i tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns a' bhun-sgoil agus chùm i oirre leis a' Ghàidhlig anns an àrd-sgoil. Às dèidh na sgoile, rinn i ceum ann an Cànan agus Cultar anns an t-Sabhal. Chaidh i do Chnoc lòrdain airson teagasg san àrd-sgoil a dhèanamh agus tha i ag obair mar thidsear an-dràsta. Tha üidh mhòr aice ann an litreachas agus beul-aithris na Gàidhlig.

Kerry Anne Nicleòid

Rugadh Kerry Anne Nicleòid ann an Leòdhas, agus tha i na h-oileanach ann an Sabhal Mòr Ostaig a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig agus na Meadhanan. Bha i riamh dèidheil air sgriobhadh agus leughadh agus 's e 'The Host' le Spehenie Meyers an leabhar as fheàrr as fheàrr leatha. Bu chaomh leatha leantainn oirre a' sgriobhadh sgeulachdan goirid agus bàrdachd san àm ri teachd oir tha e a' toirt toileachas mòr dhi.

